

5.1283.

'S Leam Fhin an Gleann • *Brandane*





National Library of Scotland



\*B000338739\*





'S LEAM FHN AN GLEANN



# 'S LEAM FHN AN GLEANN

*Cluich Aighearrach ann*

*an Tri Earrannan*

Le

JOHN BRANDANE

Air Eadar Theangachadh gu Gaidhlig

Le

T. S. MAC-A-PHEARSAIN

Ceannloch

A' cheud duais, Mod, 1932

AN COMUNN GAIDHEALACH  
212 Iar Shràid Sheòrais, Glaschu, C.2

1935


COPYRIGHT, 1935, BY JOHN MACINTYRE

---

*The performing rights of the play are fully protected. All applications to perform "S Leam Fhin an Gleann" in the British Empire (except Canada) must be addressed to Messrs. Samuel French, Limited, 26 Southampton Street, Strand, London, W.C.2., or their authorised representatives. For permission to perform in America and Canada, to Samuel French, Incorporated, 25 West 45th Street, New York City, U.S.A.*

*The fee for each and every representation of the play by amateurs in the British Empire (except Canada) is two guineas : in America and Canada, fifteen dollars. These sums are payable in advance, and no performance may take place unless a written permission has first been obtained.*

*The terms for performance for professionals can be ascertained on application.*



'S LEAM FHN AN GLEANN  
CLUICH AIGHEARACH ANN AN TRI FARRANNAN

PRINTED IN GREAT BRITAIN BY A. LEARMONT & SON,  
9 KING STREET, STIRLING.

## EARRANN I.

Cidsinn Tigh an tuathanaich ann an Ardseileach.

*Latha 's an Iuchar, 1920.*

## EARRANN II.

An t-Aite ceudna.

*Sia seachduinean air dol seachad.*

## EARRANN III.

Seomar comhnuidh tigh a' Chroiteir aig a' Choille mhòir.

*Seachduinn air dol seachad.*

## LUCHD CLUICH.

IAIN GALLELY -	-	-	-	<i>An Tuathanach.</i>
MRS. GALLELY	-	-	-	<i>Bean an Tuathanaich.</i>
AONGHAS MACFHIONGHAIN			-	<i>Fear oibre ann an Ardseileach-Croitear aig a' Choille mhòir.</i>
MORAG	-	-	-	<i>Nighean Aonghais.</i>
MURCHADH MACAOIDH	-	-	-	<i>Seirbhiseach 's an Tigh osda 'an Tòrlochan.</i>
AN COIRNEAL MORAIDH	-	-	-	<i>An t-Uachdaran.</i>
AN CAIPTEIN TEARLACH	-	-	-	<i>Mac an Uachdarain.</i>
AN DOTAIR MOIREASTAN	-	-	-	<i>Dotair ann an Eilean Arois.</i>
STOCKMAN	-	-	-	<i>Fear sgil air meineachaидh air tighinn á Lunnain.</i>
DUGHALL MACPHEADRAIN	-	-	-	<i>Marsanta 's an àite.</i>
BEAN ALASDAIR	-	-	-	
BEAN DHONNACHAIDH	-	-	-	
			-	<i>Mnathan Chroitearan.</i>

# 'S LEAM FHN AN GLEANN

## EARRANN I

DEALBH.—*Cidsinn Tigh Airdsheilich ann an EILEAN AROIS.*  
*Cliabh làn mòna làimh ris an àite-theine. Dealbhan cruadha*  
‘‘Burns aig a’ chrann treabhaidh’’ air sgeilp an t-simealair.  
*Os a chionn dealbh Ghladstone—air gach taobh de Ghladstone,*  
*dealbhan bòidheach air an gearradh as na paipearan dealbhach*  
—’s air an tàthadh ris a’ bhalla. An Dreasar làn  
shoithicéan creadha air taobh clì an àite-theine. Air an  
sgeilp as àirde—dà chù geal criadhach agus coinnlearan pràis.  
*Cathair mhór agus furm beag fiodha air darna taobh an àite-*  
*theine—agus cathair chumanta air an taobh eile. An uinneag,*  
*a chuid iosal dhith comhdaichte le cuirtein geal, ’s an dorus*  
*mór astar beag o’n uinneig. Ann an oisinn an t-seomair*  
*am bàrd agus soitheach staoin air, làn buntata r’ a bhi air*  
*an rùsgadh. An dorus cùil ’sa bhalla air an laimh chli—*  
*a dh’ ionnsuidh a’ chlobhsa ’s nan tighean am muigh. Dlùth*  
*do ’n dorus chùil—dorus a dh’ ionnsuidh seòmar cadail.*

*Cluinnear fuaim na piòba mòire o’n t-seomar chadail,*  
*am fear cluich a’ togail ‘‘S leam fhn an gleann.’’ MRS.*  
*GALLETTY, bean an tuathanach—(a mhuinnitir an taoibh*  
*deis) a’ tighinn a stigh an dorus mòr—boirionnach*  
*foghainteach, tapaidh, ruadh ghruadhach, geur theangach,*  
*mu leth cheud bliadhna’ a dh’aois. A falt dorcha an*  
*toiseach liathaидh air a chruinneachadh ’na dhual*  
*teann air cùl a cinn. Tha i air a h-éideadh gu glan,*

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

sgoinneil—a gairdeanan ris—gùn drògaid agus a'paran gorm oirre. Tha i dol gu dorus an t-seòmair bhig, agus, a' cluinntinn a ceum, tha 'm piobaire a' sgur. Tha i 'fosgladh an doruis.

MRS. G.

Seadh, 's tha thu aig a' phiobaireachd a rithist, a dh'aindeoin na thuit an dotair.

GUTH FREAGAIRT.

Och, direach port beag dhomh fhìn a chumail nan corrag air ghleus.

MRS. G.

Thig a mach, 's gu'n réitich mi 'n leab' agad.

(*Tha i 'dol a' stigh do 'n t-seòmar, agus an ceann tiota a' tilleadh a mach a' cumail taice ri—AONGHAS MACFHIONGHAIN, Croitear anns a' choimhearsnachd. Tha AONGHAS ag gluasad air bhataichean gu h-eiginneach, agus a' deanamh air cathair anns an oisinn taobh an teine. Tha eideadh AONGHAIS a leigeadh ris gur duine bochd e—fear mu thri fichead bliadhna—a shnuadh aoibheil a leigeadh ris gu bheil làn aighear agus feala dha 'na chridhe. Feusag air, 's e air a dhubhadh leis a' ghréin.)*

MRS. G.

Air do shocair a nis.

(*A' cuideachadh AONGHAIS a dh'ionnsuidh na cathrach—AONGHAS a' suidhe sios gu socrach agus a' sìneadh a chasan uaithe.)*

Sin thu fhein.

(*Tha i 'tilleadh a stigh do 'n t-seòmar, agus a h-uile drasd 'sa rithist a' tighinn a dh'ionnsuidh an doruis, a'*

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

*crathadh 's a' ceartachadh chluasag 's a tilleadh a stigh.  
Tha AONGHAS a' toirt piob thombaca agus bocsa lasag as  
a phòca, 's ann an tiota beag tha e 'smogadh gu riaraichte.  
Tha MRS. GALLETLY a' tighinn air lom a rithist.)  
Bha thu 'smogadh 's an leabaidh !*

AONGHAS.

Och—toiteag bheag no dha.

MRS. G.

Bithidh an tigh 'na smàl agad, mu 'n stad thu. B'fhearr  
leam gu'n robh thu 'na d' thigh fhein, 's air falbh as a so.  
So agad do threallaich pioba. Nach truagh mise leat !

*(Tha i 'tilgeadh piob Aonghais am mach as an t-seòmar.)*

Thu fhein 's do phiobaireachd—'s na h-aisnean agad mar  
a tha iad. C'arson nach d'fhàg thu 's a bhothan i ?

AONGHAS.

*(A' breith air a' phiob 's 'ga cnìodachadh.)*

Air 'ur socair! Bristidh sibh i 'ga tilgeadh 's an doigh  
sin. Chan eil na h-aisnean cho diblidh sin. Fanadh sibhse!  
Cha bhi fada gus an cluich mise port dhuibh—“Caisteal  
Dhonain,” no “Moladh Mairi” no “S leam fhìn an Gleann.”

MRS. G.

Cha chluich thu port na port 's an tigh so. Fuirich gus  
an ruig thu do dhachaidh fhein, ceithir mìle air falbh. Is  
gasda leam ceol na pioba, ceithir mìle bhuan.

AONGHAS.

Ach gu de th' air tighinn air an dotair? Nach e 'tha  
fada gun tighinn?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MRS. G.

Tha e riamalach gun teagamh. Ach na earb thus' a dotair. Cuir do dhòchas ann an Ni Math. Seachainn an deoch làidir, agus cuir d' earbsa 's an Fhreasdal.

AONGHAS.

Am Freasdal! 'Nuair a chaith Roth na cartach thar mo lurgann, 's beag a rinn am Freasdal dhomhsa.

MRS. G.

Nach eagalach a' chainnt a th' agad?

AONGHAS.

Lurgann bhriste agus trì de na h-aisnean agam! Na cluinneam an còrr mu 'n Fhreasdal!

MRS. G.

'S e tràcair an Fhreasdail a chuir nach eil do dhà lurgann bhriste—a dhuine gun mhothachadh!

AONGHAS.

Mise gun mhothachadh! Co dhiubh chan eil mi coltach ri cuid, a' cur mar fhiachaibh air daoine gu bheil mi ni's fhearr na tha mi.

Mrs. G.

An ann ormsa tha thu 'deanamh—Och is Och! b'fhearr gu'n robh thu mach as a so, shuas an gleann 'nad dhachaidh fhein.

(*Bualadh aig an dorus mhór.*)

So an dotair mór agad a nis. Mo bheannachd air!

(*Tha i 'fosgladh an doruis agus co a th'aice ach an COIRNEAL MORAIDH, duin' uasal mu chuig agus tri fishead*

## 'S LEAM Fhin an Gleann

bliadhna, air 'éideadh ann an deise ghasda de chlò na h-Earradh, brigis ghoirid, seorsa de shumagan leathraich air a ghuailnean, gloine speuclarach 'na leth shuil—'g a ghiulan fhein mar Oifigeach Airm. Tha e uasal, aoibheil 'na chomhradh.)

O 's e 'n t-Uachdaran fhein a th'agam, 's mi smaointeachadh gu 'm bu sibh an dotair.

AN COIRNEAL.

(*A' breith air laimh oirre.*)

Ciamar tha sibh a Mhrs. Galletly. Agus ciamar a tha fear an tighe?

MRS. G.

Taing dhuibhse, tha sinn uile gu math. Tha Iain am muigh a' toirt sùla air na beathaichean.

AN COIRNEAL.

Glé mhath! Cha d' rinn mi ach tadhail a dh'fharraid Aonghais, 's mi 'gabhair sràid dhomh fhìn.—sia mile 'tighinn agus sia eile 'tilleadh. Cha suarach an t-sràid i do fhear m' aois-sa. Ciamar tha thu, Aonghais? (*A' breith air laimh air.*) 'S ciamar tha 'n lurgann?

AONGHAS.

Taing mhòr dhuibhse—Tha mi gu miorbhuileach, le 'r-ceed.

MRS. G.

"Gu miorbhuileach" ars esan. Cha bheag am miorbhuiil thu bhi 'lathair idir—ag òl fad an latha ann an Tòrlochen 's a' tighinn dachaидh làn dibhe, le each is cairt làn bathair—

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

air na rathaidean garbha a th' agaibh 's a Ghaidhealtachd.  
Chan iognadh cnàmhan briste 'bhi agad.

AONGHAS.

(*Ag osnaich.*) O! b'fhearr leam gu 'n robh mi air falbh  
as a so, 's an tigh agam fhìn.

MRS. G.

Tha barrachd 's thusa leis am b'fhearr sin, mo dhuine  
gasda.

AONGHAS.

(*Ris a' CHOIRNEAL*). Tha' chroit agam a' dol a  
dholaidh, le'r cead. B'fhearr leam nach d'fhàg mi riamh i, a  
ghabhail na seirbhis shalaich a th'agam 's an àite so.

AN COIRNEAL.

Chan eil ni 'tighinn cearr air a' chroit, Aonghais. Tha  
Morag neo'r thaing air a ceann. Thug mi cuairt an dé thar  
a' mhonaidh, an taobh sin, agus ghabh mi beachd gu 'n robh  
am feur air a chruinneachadh aice. Agus 's math gu 'n robh,  
oir tha eagal orm gu bheil bristeadh air tighinn air an t-side  
mhaith.

AONGHAS.

'S i nighean mhath a th' ann am Mòrag. Bhiodh m'  
eudail air a sàruchadh aig an fheur.

Mrs. G.

Gheibh i tuilleadh saruchaidh, 'gad chumail-sa bho 'n  
deoch, aon uair 's gu 'n teid thu dhachaidh.

AN COIRNEAL.

Ud! Ud! a bhean chòir. Chan eil sibh cleachdte ris na

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

dòighean Gaidhealach againn fhathast. Chan eil coire 'san dram ma ghleidhear 'na àite fhein e. Ach air a shon sin, agus is bitheanta tha mi 'ga radh, eadar gaol na deoch agus 'gabhair gnothuich ri riaghladh na Stàid, tha luchd obair na rioghachd so air dol air bhàinidh (*a' tionndadh gu h-aoibheil ri AONGHAS.*) Seallaibh air Aonghas fhein—duine cho tùrail 's a bha 's an àite, gus an do thòisich e air tadhail an Tigh Osda, agus air 'inntinn a chur troimh cheile leis an fhaoineis ùir so mu 'n "Fhearann airson an t-sluaign."

AONGHAS.

(*Gu modhail*). 'S minic a thuirt sibh rium e, 'Choirneil.

AN COIRNEAL.

(*Le snodha gaire*). Ach gu dearbh, thubhairt, airson do bhuannachd, mo ghille math !

(*Tha IAIN, fear an tighe 'tighinn a stigh an dorus cùil—duine feusagach, dorcha 'san aghaidh, mu dha fhichead bliadhna—coltas na h-obrach air, agus 'aodach air a dheagh chàradh.*)

AN COIRNEAL.

(*A' breith air laimh air*). Ciamar tha thu, Iain? Tha coltas na slàint ort, agus coltas na seirbhis. Bha mi direach ag radh ri bean an tighe nach fhada gus am fàs sibh cleachdte ris na dòighean Gaidhealach againn—an dram 's a leithid sin. Tha e car neònach 's an dol a mach.

IAIN.

Tha e sin, le 'r cead. Neònach gu leoir!—rud beag de bhlas na mòna dheth! Ach blas ann no as—'s math an rud dram uisge bheatha.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MRS. G.

(*Gu searbh*). Thu fhein 's do dhramannan! 'S ann mu 'n Ghaidhealtachd a tha 'n Coirneal a' bruidhinn.

AN COIRNEAL.

Seadh, Iain! Agus ciamar a tha 'n t-àite 'còrdadh riut?

IAIN.

Mar nach olc.—Gu math fliuch air talamh àitich.

AN COIRNEAL.

'S fheairrd an crodh-bainne sin, Iain.—Ach, chan iognadh leam ged a bhiodh ionndrainn ort an deigh achaidhean an taoibh deis.

IAIN.

Aig uairean—bithidh. Tha fearann math shios rathad Charraig.

AN COIRNEAL.

Bheil fhios agad, Iain—'S minic a ghabh mi iongantas gu de thug ort a' Ghalldachd 'fhagail agus tighinn gus na garbh-chriochan so againne. C'arson a dh'fhag thu a' Charraig?

IAIN.

Thug m'athair sin orin.

AN COIRNEAL.

D'athair, Iain! Agus cionnus?

IAIN.

Seadh, m'athair! Thuirte e rium latha "Tha 'n t-am agad pòsadh, Iain." "Cha ghabhainn iongantas" arsa mi fhìn. "Seall mu 'n cuairt ort," ars esan "agus cho luath 's a gheibh thu té fhreagarrach a ghabhas tu, gheibh mise baile feirainn duit."

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Seadh!

IAIN.

Ghabh mi comhairle m'athar—agus so far am bheil mi.  
Mo bheannachd air m'athair còir agus air a bheachdan mu  
bhaile fearainn !

AN COIRNEAL.

Saoil nach eil thu rud beag trom air d' athair, Iain ?

IAIN.

Chan aidich mi sin. Seallaibh! Fhuair e stochd is  
uidheam na bu shaoire an taobh so na gheibheadh e 's a  
Ghalldachd. Ach is dàn domh bhi 'gearan. Ann an dòigh,  
tha 'n t-àite math gu leoir.

MRS. G.

Math gu leoir, Iain—agus fios agad fhein air staid an  
t-sabhuill !

AN COIRNEAL.

Seadh ! Seadh ! An sabhull ! Feumar a chur air dòigh,  
agus theid sealltuinn as a dheigh. Ma's math mo chuimhne,  
bha ni eiginn air a dhéarmad 's an aonta, bu chòir a bhi  
ann. Tha e iomchuidh gu 'm faigheadh tuathanach ùr a  
h-uile cothrom. Rachamaid a mach a ghabhail seallaидh  
mu 'n cuairt. Cuiridh sinn an sabhull air dòigh. Na biodh  
cùram oirbhse.

MRS. G.

'S math leamsa sin a chluinntinn. Thuirt am Bàillidh  
agaibh fhein rium an dé, nach cuirteadh lamh ann.

'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Na tugaibh suim dha. 'S toigh leis na Bàillidhean a bhi  
bruidhinn 'san dùigh sin.

MRS. G.

A' cheart fhacal a thuirt mise ris. Ach thuirt esan  
gu 'n robh ùghdarris aige bho Chaiptein Tearlach a radh nach  
robh sgillinn ri 'chosg air tigh 'sam bith air an oighreachd.

AN COIRNEAL.

Ughdarris bho Thearlach?

MRS. G.

Seadh, direach! Ughdarris Thearlaich 'ur mac le'r cead.

AN COIRNEAL.

(*Air a chur mu 'n cuairt*). O Seadh! Direach sin—'S  
an d'thuirt Tearlach sin? Ach theid sinn a choimhead  
an t-sabhuill, Iain (*ag amharc troimh'n uinneig*). O—theid  
againn—air a' ghnothuch a cheartachadh—tha mi 'creidsinn.

IAIN.

Thigibh mar so, a Choirneil, le 'r cead. Theid sinn am  
mach troimh 'n chlobhsa.

(*Tha iad a' dol am mach an dorus cùil*).

AONGHAS.

(*Le snodha gàire*). Sin agaibhse sin! Na cìsean bàis!

MRS. G.

Gu de 'm breisleach a th' air tighinn ort a nis?

AONGHAS.

An rud a tha mi 'g radh. Na cìsean bàis!

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MRS. G.

Ach! Thu fhein 's do "pholitics."

AONGHAS.

Tha mise 'g radh ribh gur iad na cìsean bàis a tha cur dragh air a' Chòirneal. Chan esan is uachdaran tuilleadh, ach Tearlach a mhac.

Mrs. G.

'S mur e 'n Coirneal an t-uachdaran c'arson a dh'fhanadh e 's an Tigh Mhòr?

AONGHAS.

Chan fhaod e bhi nach faigh e cead fuireach ann an tigh a mhic. Chan eil a lathair a nis ach iad fhein 'nan dithis. Creideadh sibhse mise. Chan ann leis a' Choirneal an oighreachd a nis. Sin is aobhar gu bheil deifir orduighean mu 'n t-sabhull agaibhse. Na cìsean bàis! Tha iad an deigh cùisean a reiteachadh eatorra, a chum na cìsean a lughdachadh.

MRS. G.

Na cìsean a lughdachadh! Innis dhomh ciamar a ni iad sin.

AONGHAS .

So mar tha 'chùis. Nuair a chaochlas duine beartach, thig na h-ard Riaghlairean agus their iad "Tha airgiad a dhìth oirnn, agus tha sinn ag gabhail cuid de 'n bheairteas so." Agus tillidh na daoine còire do Lunnainn 's na pòcan aca làn airgid. Sin agaibh na cìsean bàis.

MRS. G.

Nach b'e sin an Riaghlaigh! Och! Och! na meirlich!

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Ma bhios oighreachd fearainn, no tòrr math airgid aig neach, los an car a thoirt as an ard Riaghlaadh, tha e 'ga liubhairt d' a mhac no d' a nighinn, no do dhaimheach eile ag radh "So dhuitsa mo chuid. Nuair a thig am bàs orm, cha bhi dad agam air an gabh cisean bàis togail. Chan fhaigh na h-Ard Riaghlairean sanntach sgillinn de m' chuidsa, ma theid agam orra."

MRS. G.

An deagh chleas a leòbhra! Feumaidh mi cagar a chur an cluais Iain. Chan eil 's na h-ard Riaghlairean ach na dearbh shlaigtearan.

AONGHAS.

Sin agaibhse, mar a rinn an Coirneal.

MRS. G.

'S nach bu ghlic mar a rinn.

AONGHAS.

Ach chan eil e furasda leis a' Choirneal a ghabhail a stigh fhathast nach e fhein an t-uachdaran. Bheir esan aon ordugh, agus an Caiptein ordugh eile. Sin mar 'tha 'tachairt a thaobh càradh an t-sabhuill.

MRS. G.

Nach tu fhein an sgoilear, Aonghais? C'ait air thalamh an d'fhuair thu a leithid de dh'fhiosrachadh?

AONGHAS.

'S aithne do na h-uile duine na tha mi 'g innseadh dhuibh. Nach robh an tarbh a choisinn a' cheud duais aig a "Chattle Show" air a chur a stigh ann an ainm a' Chaiptein. Bithidh

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

am buidealear 's na seirbhisich eile 's an Tigh Mhór a bruidhinn. Chan eil muinntir a' "Phost Office" ann an Tòrlochan cho tosdach 's a thigeadh dhoibh a bhi. Creidibh mise! 'S i 'n fhirinn a th' agam anns gach facal a thubhaint mi.

MRS. G.

Chan eil teagamh nach eil thu ceart. Thug mi 'n aire gu 'n d'thainig seors' athaidh air a' Choirneal 'nuair a thug mi tarruing air Caiptein Tearlach. Och nan Och! Nach e am mealltair mac an duine, Aonghais?

(*Bualadh aig an dorus*).

So an dotaир air tighinn mu dheireadh.

(*Tha 'n DOTAIR MOIREASTAN a' tighinn a stigh—duine òg mu choig deug is fichead bliadhna—soilleir 's an aghaidh, agus coltas aoibheil air—màileid bheag aige 'na laimh.*)

DR. M.

Tha latha math ann, a Mhrs. Galletly. Ciamar tha thu 'n diugh, Aonghais? Cionnus a tha 'n lurgann 's na h-aisnean?

AONGHAS.

Tha na h-aisnean air leigheas gu ciatach, a dhontair, 's chan fhada gus an teid agam air a' phìob mhór a sheideadh. 'S chan eil an lurgann idir gu dona. Theid agam air na h-òrdagan a chluich gun ghoirteas mór sam bith.

DR. M.

(*A' laimhseachadh nan ceanglaichean.*) Gle mhath! Stad ort a nis! Ochd seachduinnean o 'n a dh'eirich an dochann duit. An ceann cheithir la deug, theid agad air cudthrom a chur air an lurgainn. 'S math an gnothach thu bhi far

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

am bheil thu, seach thu bhi 's a bhothan sin am muigh.  
Na 'n do leig mi le Mrs. Galletly d'fhagail far an robh  
thu, bha "Pneumonia" agad roimhe so air muin gach  
trioblaid a th'agad.

MRS. G.

Bha e gu math far an robh e, 'Dhotair—agus na bu  
lughad dragh.

DR. M.

Ud! Ud! A bhean! Fear le aisnean briste a' tolladh  
an taoibh a stigh aige! Saoil am fàgadh sibh ann am bothan  
e?

MRS. G.

(*A' togail a chleibh bho thaobh an teine 's a' deanamh air  
an dorus*).

Tha mi ag radh ribh gu robh e gu gasda far an robh e. Nach  
d'rugadh an Slanuigheir fhein ann an stàbull?

(*Tha i 'dol am mach le cabhaig*).

DR. M.

Ubh! Ubh—Nach i 'n creutair—

AONGHAS.

(*A' gaireachduinn*). Cha chuir sibh snaim air teanga na  
té ud.

(*Tha 'n DOTAIR a' freasdal air leontan AONGHAIS,  
agus tha'n COIRNEAL is IAIN a' tighinn a stigh an dorus  
cùil*).

AN COIRNEAL.

Ciamar tha sibh, a Dhotair? (*A' breith air laimh air*)  
De 'ur barail air Aonghas? Tha e 'gabhair fadail a

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

dh'fhaotainn dachaидh. B'fhearr leis nach do ghabh e gnothach riamh ri cairtearachd.

DR. M.

(*Le snodha gàire.*) Seadh! 'S nach eil cairtean 's a ghleann, Aonghais.

AONGHAS.

Chan eil, gu dearbh, a Dhotair! Tha mis' ullamh is cairtearachd tuilleadh.

AN COIRNEAL.

Stad oirbh', a Dhotair, agus gabhaibh mo lethsgeul airson na ceiste.—Ach gu de air thalamh a tha 'ur companaich a' deanamh air a' mhonadh ud thall.

DR. M.

Na companaich agamsa!

(*Tha MRS. GALLETLY a' tighinn a stigh leis a' chliabh mhòna, agus a' toirt ionnsuidh air teine ùr a chur air. Sin deanta tha i 'toiseachadh air sgriòbadh a' bhuntàta, 's tha i 'stad an drasd 's a rithist a dh'eisdeachd a' chomhraidh.*)

AN COIRNEAL.

Seadh! An dithis a thainig comhla ribh 's a' charbad. Thug mi 'n aire dhaibh a' fagail a' charbaid air an rathad mhór, 'nuair a bha Iain 's mi fhìn aig an t-sabhull.

(*Tha e 'sealltuinn troimh'n uinneig.*)

Tha iad suas am monadh a nis. Tha e coltach gur toigh leo 'bhi beanntaireachd. Seall mar a tha iad a' togail nan cearc-fraoich—gnothuch tàmailteach, agus àm na seilge cho dlùth air laimh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

DR. M.

Ach, a Choirneil—

AN COIRNEAL.

('Na sheasamh aig an uinneig agus a' fàs feargach.)  
Marbhphaisg orra! Gu de 'tha 'nam beachd! Seall tu na  
h-eoin ag eirigh mu 'n cuairt orra thall 's a bhos. Seall!  
Seall tu sin! Cha bhi sealgach air an taobh sin de 'n bheinn  
gu ceann seachduinn. Glaoidh riu, 'Dhotair. Ma's ann  
a' feitheamh riutsa 'tha iad, nach fhaod iad sin a dheanamh  
gun mo chuid seilg a mhilleadh?

DR. M.

'Se 'ur mac fhein a th'ann, a Choirneil, agus fear comhla  
ris an deidh tighinn á Lunnainn. Is leòsan an carbad, 's  
cha leamsa, carbad a thug iad as an Tigh osda an Tòrlochan.  
'Nuair a chual' iad gu robh mi 'tighinn an rathad, thug iad  
cuireadh dhomh gu caoimhneil tighinn comhla riutha.

AN COIRNEAL.

Tearlach! Gu de tha e 'deanamh an so? Shaoil mi gu  
robh e ann an Lunnainn.

DR. M.

Chan eil e ach air ùr-thighinn, agus thug e leis fear de na  
feallsanaich ud aig am bheil sgil air "Haematite."

AN COIRNEAL.

"Haematite"?

DR. M.

Seadh! Am miotailt iaruinn ùr so air am bheil a leithid  
de ionradh. Tha iad ag radh gu bheil Beinn nan Creach  
làn dheth.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Miotailtean ! Cha chuala mi falal mu 'n ghnothuch,  
gus a nis. Am Freasdal g' am dhòn ! Chan fhaod e bhi  
gu bheil iad a' bruidhinn air mèineachadh ann am Beinn nan  
Creach.

DR. M.

Thugaibh maitheanas dhomh ma tha mi air thoisearch air  
mo naidheachd. Shaoil mi gu 'm b' aithne dhuibh a h-uile  
ní mu 'n chùis.

AN COIRNEAL.

Mise ! Cha chuala mi diog gus a nis.

DR. M.

B'e sin cuspair an seanachais fad an rathaid a' tighinn,  
's cha b'urrainn domh gun an cluinntinn. A reir coltais  
tha gu leoir de 'n mhiotait so feadh na Gaidhealtachd.

AN COIRNEAL.

Mo chreach ! Mo chreach ! An ann a' dol a thruailleadh  
Eilean Arois a tha iad le'n cuid mèineachaидh ?

IAIN.

Seadh direach ! Cha bhi cor na caora-dhubh-  
cheannaich ach truagh gu leoir aon uair 's gun tòisich sin.  
(Ag amharc troimh'n uinneig.) Tha 'n Caipstein a' tilleadh  
a nuas taobh na beinne.

AN COIRNEAL.

Feumaidh mi bruidhinn ri Tearlach mu 'n ni so.  
A' mèineachadh ! mise 'n diugh !

(A' dol am mach an dorus mór 'n a chabhaig.)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

IAIN.

Bithidh am blàr air shiubhal eatorra, 's tha mise 'dol a bhi' lathair.

(*Tha e 'dol an deidh a' CHOIRNEIL.*)

AONGHAS.

(*A' gaireachduinn.*) Na cìsean bàis a rithis. Nach d'thuirt mi ribh? Cha chòrd e ris a' Choirneal iad a bhi 'milleadh na frìthe.

MRS. G.

Gu de 'n t-ait 'tha sin?

AONGHAS.

Frìth nam fiadh. Bu toigh leis a' Choirneal riamh a bhi 'sealg an daimh 's na circe fraoch. Ach 'se 'tha 'm beachd an fhir oig a' bhi 'cladhach stòrais á broinn na beinne. Nach d'thuirt mi ribh gur neònach an nì na cìsean bàis?

DR. M.

Tha mi 'gad thuigsinn, Aonghais. Chuala mi sanas beag. Thug an Coirneal an oighreachd do Thearlach, a chum a bhi cuibhneas nan cìsean bàis. Nach e sin an naidheachd a tha 'dol? Agus a nis chan eil an duine truagh ach an toiseach a dhragh inntinn.

AONGHAS.

Direach mar sin! Chan eil dad 's an dàn do'n Choirneal a nis ach dragh inntinn is carraig.

DR. M.

Tha iad ag radh gu bheil "Haematite" Beinn nan Creach a chearta cho math ris an stuth a tha 'tighinn thairis á Lochlann. Chan eil teagamh nach fhaigh iad margadh math, a chionn

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

nach bi cosgais faraidh orra thar a' Chuain Tuath. Tha mi fhìn a' creidsinn gu 'n cuir an Caiptein feum air a h-uile sgillinn a gheibh e, oir ma 's fhior an naidheachd 's aithne dha a chuid a sgaoileadh.

AONGHAS.

An t-amadan bochd !

MRS. G.

Tha'n t-ám aige pòsadh, agus socrachadh gu stòlda ann an dachaидh dha fhein. Nach cuala mi seanachas gu 'n robh rud-eiginn eadar e fhein agus té de na nigheanan Sasunnach ud. C'ainm so th' air na daoine——? Mirlees——

DR. M.

Tha beachd agam orra—na h-uaislean aig an robh an t-sealg ann an so an uiridh.

AONGHAS.

A' cheart fheadhainn! 'S tha beachd agams' air a mhaighdinn—te air am bheil *Alice*—nighean eireachdail. Ach a reir mo bharail-sa cha seall i 'n taobh am bi e. E fhein 's a chuid "Haematite"!

MRS. G.

Gu de 'n t-ainm a th' ac' air? "Haud-me-tight"?

DR. M.

Chan e! Chan e! "Haematite"—seorsa de iarunn mìn.

MRS. G.

Iarunn! 'S carson nach abair iad iarunn ris? Chan eil 'san ainm ùr sin ach facal leibideach. Ma tha dhith orra ainm ùr a thoirt air, a tharruing aire dhaoine, cha b'urrainn a bhi na b'fhearr na "Haud-me-tight."

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Coma leinn iad fhein 'san cuid "Haematite." So fear nach creid gu 'n coisinn an cuid mèineachaidh buannachd no sonas do mhac màthar ann an Eilean Arois. Ach, a Dhotair, 'se 'n turus air an d'thainig sibhse, freasdal dhomhsa 's cha b'ann gu bhi 'seanachas air an fhaoineis so. An toir mi ionnsuidh air na tròsdain?

DR. M.

Dean, Aonghais. Rinn mi di-chuimhn'.

AONGHAS.

*Ag eirigh gu mall 's ag imeachd ceum no dha air na tròsdain.*

Nach fhaic sibh sin? Saoil nach goirid an ùine gus am faod mi dol dachaidh?

DR. M.

Cha choisich thu air tròsdain ceithir mìle suas an gleann, Aonghais. Na'm biodh seorsa de rathad cartach ann rachadh againn air do thoirt dachaidh ann an carbad—ach chan eil dòigh air a sin.

AONGHAS.

Bithidh Mòrag air a saruchadh le obair na croite, agus tha 'm feur—

MRS. G.

Tha 'm feur air a chruinneachadh, a Dhotair. Na gabhaibh suim dheth. 'S a nis ma tha sibh ullamh le Aonghas, agus le 'lurgann, dh'fhaodte gu 'n tugadh sibh comhairle ormsa mu 'n lurgann agam fhìn.

*(Tha AONGHAS a' tilleadh ris an aite-shuidhe.)*

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

DR. M.

Tha mi duilich a chluinntinn gu bheil an lurgann a' cur dragh oirbh, a Mhrs. Galletly.

MRS. G.

Sibh nach eil duilich—tuilleadh airgid 'san sporan agaibhse! Cha ruig sibh a leas sealltuinn oirre. Tuigidh sibh fhein de 'tha cearr oirre—"verra coarse veins"—an dean rubadh feum dhi?

DR. M.

"Very coarse veins." Seadh! Seadh! Rubadh. Cha dean —feum—ach cron. Cuiribh ceanglach sùbailte mu 'n cuairt oirre.

MRS. G.

Shaoil mi gu'n robh rubadh 'na dheagh leigheas. B'i sin a' chomhairle a thug MacThomais orm, fear malairt na tea. Dh'iarr e orm a rubadh a sios an rathad—mar so.

DR. M.

Na deanaibh sin idir. Ma tha rubadh ri bhi ann, rubaibh an rathad eil' i. Cuidichidh sin gluasad na fola feadh na colainn.

MRS. G.

Am bheil sibh ag radh rium? Agus mise a' rubadh an rathad cearr! Stadaibh gus am faigh mise greim air Mac Thomais!

DR. M.

Cuiridh mi ceanglach sùbailte d' ur n-ionnsuidh.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MRS. G.

Glé mhath ! Ach tha aon ni eile agam ri fharraid dhibh (*a' dol dlùth do 'n uinneig*). Chan eil fhios c'ait an deach Iain. (*a' tilleadh*). Am bheil leigheas agaibh airson "indigestion" anns an sgòrnan.

DR. M.

Cha chuala mi iomradh riamh, air "indigestion" anns an sgòrnan.

MRS. G.

Mata 's ann 'san sgòrnan a tha e aig Iain.

DR. M.

Chan urrainn sin a bhi.

MRS. G.

Agus c'aite, matà, an còir dha bhi?

DR. M.

(*A' cur a laimh air a chorpa*).

Ann an so.

MRS. G.

Seadh ! Seadh ! Tha goirteas air Iain ann an sin air uairean.—Rud beag ris an taobh so. (*A' cur a laimhe air a cliathach chli*).

Gu de th'againn air an taobh so ?

DR. M.

(*Le aighear, ach a' cumail air fhein.*)

Chan eil ainmean Gaidhlig againn airson nan gnothnichean sin a Mhrs. Galletly ach bheir mi dhuibh ainmean na

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

dotaireachd. "Cardiac end of the stomach, tail of pancreas, spleen, splenic flexure of colon, left kidney, left suprarenal capsule, agus left suprarenal sympathetic plexus."

MRS. G.

Am Freasdal g' ar dion! Am bheil na gnothuichean uamhasach sin 'san taobh a stigh aig Iain?

AONGHAS.

Mo laochan an Dotair!

DR. M.

Tha, gun teagamh. Tha fhios agaibh gu bheil miorbhulean mòra co-cheangailte ri cruth mhic an duine.

MRS. G.

(*Gu togarach*). Sin agaibh e! 'Dhotair, sin agaibh e! Chruthaicheadh sinn le cumhachd as Airde. Nach minic a thuirt mi sin riut, Aonghais.

(*Fuaim o'n leth 'muigh—bruidhinn dhaoine.—Tha i 'dol a dh' ionnsuidh na h-uinneige*).

Gu de th'againn a nis? Gleidh mise! Tha 'm baidean ud air tilleadh, agus an Coirneal air at le feirg, coltach ri Coileach Frangach.

(*Tha 'n dorus mór 'ga fhosgladh, agus tha 'n COIRNEAL a' tighinn a stigh, agus comhla ris, TEARLACH a mhac, duin'og, mu dha dheug thar fhichead, cromadh beag 'na ghuailnean, agus coltas car coma co dhiubh air—a chomhradh slaodach—Beurla Shasuinn. Tha STOCKMAN, fear an "Haematite" leo—duine mu dha fhichead, dorcha 's an aghaidh, agus coltas neo-shuidhichte, furachail air. Tha e 'seasamh beagan air culaobh chàich, gun mhóran aige ri' radh.*)

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

Am bheil sibh deas, a Dhotair? (*Tha 'n dotair ag aontachadh.*) 'S fhearr dhuinn a bhi falbh. O! Aonghais! Ciamar tha 'n lurgann?

AONGHAS.

Taing dhuibhse, a Chaiptein. Tha i gu math na 's fhearr. Tha mi 'n dòchas gu bheil sibh fhein gu math.

AN CAIPTEIN.

O! Tha mise ceart gu leoir! Am falbh sinn, a Dhotair?

AN COIRNEAL.

Chan fhaod e bhi gu bheil thu tilleadh air do shàil. Theirig dhachaидh comhla rium fhìn—thu fhein agus Mr. Stockman. Bu mhath leam beagan comhraidh a bhi againn.

AN CAIPTEIN.

Chan fhaod mi 'nochd, athair. Tha agam ri tilleadh do Dhuneideann a chum cùisean a chur air dòigh. Feumaidh mi fuireach an Tòrlochan an nochd, a dh'fhaotainn a' bhàta tràth 's a mhaduinn.

AN COIRNEAL.

Seadh, matà, ach bu mhath leam facial eadarainn fhìn mu 'm falbh thu. A Mhrs. Galletly am faod sinn dol do 'n t-seòmar aoidheachd agaibh car tiota. Tha mi duilich an dragh a chur oirbh.

MRS. G.

An seòmar! Tha h-uile ni troimh cheile ann. Chan eil mi ach an deidh a ghlanadh, 's chan eil teine agam air. Fanadh sibhs' ann an so, 's theid an dotair 's an duin' uasal so comhla rium fhìn a dh' fhaicinn a' mhuidhe ùir agam. Agus theid Aonghas d' a sheòmar fhein.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

Tha mi duilich a leithid de dhragh a chur oirbh, ach—

(*Tha iad uile 'dol am mach 's a' fagail a' CHOIRNEIL agus THEARLAICH 'nan dithis.*)

Seadh! A Thearlaich. Saoil nach eil e glé chruaidh ormsa an sgeul so 'chluinntinn an toiseach bho choigreach, 's cha b' ann uait fhein?

### AN CAIPTEIN.

Tha sin fior gu leoir, athair. Ach bha mi 'dol a sgriobhadh thugaibh cho luath 's a gheibhinn cùisean a reiteachadh ann an Duneideann am maireach.

### AN COIRNEAL.

Mèineachan Iaruinn 's an aite so!

### AN CAIPTEIN.

Sin mar a tha. Bha eagal orm nach tigeamaid a reir a cheile mu 'n chùis, agus b' eigin domh gabhail ris an taigse 'fhuair mi, neo an cothrom a leigeadh seachad. Tha "Haematite" gu leoir feadh na Gaidhealtachd.

### AN COIRNEAL.

Ach, nach faodadh tu do chomhairle a chur ri d' athair, mu 'n deachaidh tu cho fada?

### AN CAIPTEIN.

Bha mi 'nam dhrip. Cha robh ùine agam. Agus, co dhiubh, bha eagal orm nach còrdamaid mu 'n ghnothuch. Chan eil 's an t-sealladh agaibhse ach gràdh do Thìr nam Beann, ach tha beachdan eile agamsa. Tha airgiod ann am Beinn nan Creach, agus c'arson nach tugamaid as e?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

Fuil d'athraichean 'nad chuislean, agus thu 'cleachdadadh a leithid de chainnt! Beinn nan Creach! Frìth nam fiadh! Torran grànda de spruileach thall 's a bhos! Carbadan làn "Haematite" 'g an-slaodadh feadh nan coireachan! Uilleadh salach air an abhainn! Luchd ceaird a' lunndaireachd feadh Eilean Arois! Mo chreach! Mo chreach! Nach do chuir thu do chomhairle rium, a Thearlaich!

### AN CAIPTEIN.

Tha mise 'g radh ribh, athair, gu bheil cothrom math againn air airgiod a dheanamh, agus b'eiginn a ghlacadadh no a leigeadh seachad oirnn. Fhuair mi tairgse mhath, agus dh'fheumainn a gabhail no a diultadh, gun dàil. Agus, co dhiubh, tha farsuingeachd am Beinn nan Creach, agus cha dean am mèinn ach toll beag 'na taobh.

### AN COIRNEAL.

'S coltaiche gur e ni e—plàigh a sgaoileadh.

### AN CAIPTEIN.

Tha sibh mothas trom orm, athair! Eisdibh rium. Tha sibh laidir air taobh cìsean a chur air bathar a tha teachd á rioghachdan eile, a chum cosnadh ath-bheothachadh 's an rioghachd againn fhìn. Tha 'n cothrom againn! Mar tha cùisean an diugh, a thaobh an stuth so, tha 'n toil fhein aig na Lochlannaich. Tha stuth againn ann am Beinn nan Creach agus feadh na Gaidhealtachd a chearta cho math ri stuth na h-Eorpa. Glacamaid cothrom a' mhargaidh. Tha agiod r'a dheanamh, 's tha feum agams' air airgiod.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Tha thu ann am feum airgid?

AN CAIPTEIN.

Chan e feum ach éiginn, athair. 'S i 'n fhirinn as fhearr. Chuir mi airgiod ann am mèineachan Africa, 's chan e mhàin gun do chaill mi h-uile sgillinn dheth, ach gu bheil mi na miltean punnd Sasunnach ann an ainbheach.

AN COIRNEAL.

Ni Math g'am chuideachadh !

AN CAIPTEIN.

Tha aithreachas gu leoir orm a nis. Is cruidh oirbh amaideas 'ur mic, athair. Ach tha gliocas air teachd, agus paidhidh "Haematite" na chaill mi.

AN COIRNEAL.

O ! Thearlaich, nach truagh nach do chuir thu do chomhairle rium !

AN CAIPTEIN.

Sin rud nach b'urrainn domh 'dheanamh. Chuimhni mi oirbh, ach bha 'n ùine goirid, agus bha m' éiginn mór. ch

AN COIRNEAL.

Gu de am math a bhi bruidhinn? Nach ann air a' Ghaidhealtachd a thainig an dà latha ! Dh'fhalbh na seann nithean, 's na seann dòighean uasal. Tha 'chaora 's an damh donn ri bhi air an sguabadh air falbh, agus Haematite r'a chur 'nan àite.

AN CAIPTEIN.

Tha gràdh dùthcha beusach gun teagamh, ach cumamaid e 'na àite fhéin.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

Na deanamaid tàir air gràdh dùthcha. Tha brosnuchadh mór ann, mar is tric a dhearbhadh an àm cogaidh.

### AN CAIPTEIN.

Tha e fior gu leoir gu bheil na seann dòighean a' dol air chùl, agus is math gu bheil. Nach bu mhath an ni dhuinn fhìn cosnadh math a thoirt do 'n t-sluagh, seach am fearann a bhi 'na fhrithean aig marsantan beairteach a mhuinntir Lunnain? 'S nach bu mhath gun tigeadh leasachadh air bochdainne nan uachdaran, agus gu 'm biodh na croitearean leisg againn air am fuadach as an tìr?

### AN COIRNEAL.

Na h-uachdarain! Tha mi 'g aideachadh nach eil sinn an nì a bu chòir dhuinn a bhi. Ach, gabh air do shocair! Eilean Arois air a thruailleadh le obraighean nan Gall! Alach de choimhich, a' gabhail àite nan croitearean cneasda againn fhìn!

### AN CAIPTEIN.

Gabhadh sibhs', athair air 'ur socair. Cha bhi 'chùis uile gu leir cho dona. Cha bhi sinn an eisimeil nan coimheach. Tha uisge gu leoir 's a ghleann a chum cumhachd a dhealbh, a ghluaiseadh Beinn nan Creach bun os cionn. Cuiridh sinn, being air an abhainn aig a' Choille Mhóir ceann shuas a' ghlinne.

### AN COIRNEAL.

Aig na làraichean? Chan fhaod thu sin a dheanamh. Sin far am bheil croit Aonghais MhicFhionghain, esan aig am bheil an lurgann bhriste—'san t-seòmar sin thall.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

### AN CAIPTEIN.

Paidhidh sinn gu math e, 's gheibh sinn am mach e.

### AN COIRNEAL.

Creid thusa mise, is treasa gràdh dùthcha na gaol an airgid ann an cridhe 'Ghàidheil. Chan fhàg Aonghas a' chroit !

### AN CAIPTEIN.

Cha bhi dragh sam bith againn leis. Chan iarr Aonghas na 's fhearr na gu leoir de 'n uisge bheatha. Is treasa gaol an drama na gràdh dùthcha, le 'sheorsa—là sam bith. Thugamaid a stigh e agus chi sibh.

### AN COIRNEAL.

Cha ruig thu leas. Agus co dhiubh, feumar stad a chur air a' ghnothuch chuthaichte so, mu 'n teid e na 's fhaide. Tha mi 'na aghaidh bho bhun gu bàrr.

### AN CAIPTEIN.

Bithidh atharrachadh beachd agaibh 'nuair a chi sibh an t-airgiad a' taomadh a stigh oirnn. Cha ghabhar grabadh a chur ann a nis. Tha 'n cumhnant deanta, gu laghail, daingean. Ach cluinneamaid gu dé th' aig Aonghas r'a radh.

### AN COIRNEAL.

Na cuir an dragh ort fhein. Tha mi seachd sgith de 'n chuspair mhuladach so.

### AN CAIPTEIN.

(*A 'dol gu dorus an t-seomair.*) Thig an so, mionaid,

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

Aonghais.

(*Tha AONGHAS a' tighinn air na tròsdain, 's a 'dol 'na shuidhe.*)

Tha thu 'fàs sean, Aonghais. Tha fhios gu 'm b'fhearr leat a bhi cuidhteas a' chroit?

AONGHAS.

(*Gu socrach.*) Chan eil dad cearr air a' chroit le 'r cead— sean 's mar a tha mise.

AN CAIPTEIN.

Ach cuimhnich an dochann a fhuair thu. 'S gann gu 'm faigh thu a' chuid as fhearr dheth tuilleadh. Eisd rium! Tha feum agams' air a' chroit agad Aonghais, agus paidhidh mi gu math thu ma dh'fhàgas tu i. Gu de, saoil thu nis, a ghabhadh tu, agus a fàgail?

AONGHAS.

Tha fhios gur ann airson nam mèineachan iaruinn a tha i dhìth oirbh. Chuala mi 'n dotair a' bruidhinn mu 'n tiomchioll.

AN CAIPTEIN.

Tha e coltach gu bheil thu làn fhiosrach mu 'n chuis— De ghabhadh tu?

AONGHAS.

Dh'fheumainn beachdachadh gu cùramach le'r cead.

AN CAIPTEIN.

Ach gu de—?

AONGHAS.

Chan urrainn mi 'radh.

# 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

De theireadh tu ri da cheud?

AONGHAS.

'Si croit mhath a tha 's a' chroit, agus—

AN CAIPTEIN.

Tri cheud, mata—

AONGHAS.

Tha 'n Caiptein fialaidh—ach feumaidh mi 'n toiseach dol dachaидh a shealltuinn an deidh an fheoir, agus ghnothuichead eile.

AN CAIPTEIN.

Ach, Aonghais, eisd so—Ma chuireas an t-Ard Riaghlaigh feum air a' chroit agad a chum cosnadh a thoirt do 'n dùthaich, bheir iad bhuit i neo-ar-thaing, aig am prìs fhein, agus tha eagal orm nach toir iad dhuit prìs cho math 's a tha mise tairgsinn duit.

AONGHAS.

Saoilidh mi gu bheil barrachd tùir na sin aig an Ard Riaghlaigh.

AN CAIPTEIN.

Barrachd tùir na gu 'n cuireadh iad obraighean air bonn a bheireadh cosnadh do 'n t-sluagh!

AONGHAS.

(*Gu teoma.*) Chan eil mi cho mi-mhodhail 's gu 'n abair mi gu bheil barrachd tùir aig duine sam bith na th' aig a' Chaiptean an àm a bhi 'deanamh maith. Chan eil, chan eil!

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

Ach 's math tha fhios aig an Ard Riaghlaigh nach ceadaich Achd nan Croitearean dhoibh, croitear bochd a thilgeadh am mach.

### AN COIRNEAL.

Nach d' thuirt mi riut, a Thearlaich?

### AN CAIPTEIN.

(*A' gabhail air a bhi aighearach.*) Seadh, direach,  
AONGHAIS! Chan eil annad ach an t-seann reubaire.

### AONGHAS.

Ach, bithidh mi beachdachadh air 'ur tairgse.

### AN CAIPTEIN.

Glé mhath! Fàgaidh sinn sin mar sin fhein aig an àm.  
Tha 'n t-àm agam falbh, athair. An ann a' coiseachd  
dhachaidh a tha sibh?

(*Tha 'n COIRNEAL ag aontachadh.*)

Falbhamaid, mata. Na cuireadh an gnothuch so an corr  
dragha oirbh.

(*Tha TEARLACH a 'dol thun an doruis mhóir.*)

### AN COIRNEAL.

Tha mi 's a bheachd 's an robh mi bho thoisearch, a  
Thearlaich. Tha thu dol fada cearr agus—

(*Tha iad a' dol am mach le cheile, a' comhradh. Tha  
AONGHAS a' dranndan puirt Ghaidhlig. Tha 'n DOTAIR a'  
tilleadh troimh 'n dorus chùil a shireadh a mhàileid, agus  
tha MRS. GALLETTLY comhla ris.*)

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

DR. M.

Latha math leat, Aonghais. Gabh gnothuichean gu socrach. Fuasgail na ceanglaichean bharr na lurgainn gach darna latha, agus rub gu math i. Gu de 'm port a bha thu dranndan? Air leam gu 'n cuala mi roimhe e.

AONGHAS.

'S fhurasd aithneachadh nach Gaidheal sibh, mur h-aithne dhuibh am port so—fior sheann phort Gaidhealach. “'S leam fhìn an gleann.”

(*A' dranndain a' phuirt.*) Ach coma co dhiubh. Am bheil dòigh idir, a Dhotair, air faotainn dachaidh?

DR. M.

Chan eil dòigh no dòigh—mur giulain iad air bòrd thu. Chan eil cairt no inneal eile de 'n t-seorsa a rachadh a suas an taobh sin, gun do dhochann na 's miosa na tha thu.

AONGHAS.

Air bòrd?

MRS. G.

(*Gu togarrach.*) A' cheart rud, a Dhotair. Cuiridh sinn plaideachan thairis air is bithidh e ceart gu leoir. 'S math a dh'faodas Iain agus an sgalag, agus an dà bhuachaille a thoirt a suas a' cheud latha math a thig—chan ann am maireach, ach theagamh an latha 'na dheidh sin. Am biodh sin ro luath, a dhotair?

DR. M.

Bhiodh sin Di-Domhnaich.

MRS. G.

An t-Sàbaid, a Dhotair.

'S LEAM Fhin an Gleann

DR. M.

An t-Sàbaid, matà. An cuireadh sibh na fir a dh' obair air an t-Sàbaid?

MRS. G.

Tha fhios agaibh fhein, gu 'n do dh'oibrich an Slanuighear air an t-Sàbaid.

DR. M.

(*Gu seòlta.*) Seadh direach! 'S cha chailleadh na fir obair latha seachduinneach!

MRS. G.

Ach! Bithibh a' tarruing!

(*Tha i 'dol am mach an dorus cùil.*)

AONGHAS.

Air bòrd matà, bitheadh e! Tha mise 'dol dachaид—Sàbaid ann no as—

(*Tha MURCHADH, carbadair an Tigh-Osda an Tòrlochan a' tighinn a dh'ionnsuidh an doruis mhóir.—Gill' og—dorcha 'san aghaidh—coltas suidhichte, stòlda air.*)

MURCHADH.

Tha 'n Caiptein ag radh gu 'm bu mhath leis a' Bheinn a dhireadh a rithist còmhla ri Mr. Stockman. Tha e 'g iarraidh air an Dotair feitheamh riutha car leth uair eile.

DR. M.

Marbhphaisg orra! Tha mi 'nam chabhaig!

## S LEAM FHN AN GLEANN

MURCHADH.

Tha mi smaointeachadh gur h-e so a thachair!—Chuir an Coirneal stad orra a' cheud uair a chaidh iad suas. Tha 'n Coirneal a nis air tilleadh dhachaidh, agus tha iadsan airson crioch a chur air an gnothuch.

DR. M.

Cha fhreagair a' mhoille so ormsa idir, idir.

MURCHADH.

Agus chuir iad fios a dh' ionnsuidh an Dotair gu 'm bu mhath leo e dhol còmhla riutha.

DR. M.

'S e mo chuid airgid a tha dhìth orra. Iad fhein 's am mèinn!

(*Tha e 'dol am mach a' monmhur ris fhein.*)

AONGHAS.

Thig a stigh, a Mhurchaidh, agus gar thu fhein. Tha fhios gu bheil thu fliuch, fuar.

MURCHADH.

Tha mi sin. (*A' suidhe taobh an teine.*) An d'thàinig Mòrag fhathast?

AONGHAS.

Cha d' thàinig i fhathast, a Mhurchaidh. 'S iongantach leam fhìn mar a tha thu fhein is Mòrag ag amas air a bhi 'n so daonnan air an aon latha.

MURCHADH.

Chan eil iongantas sam bith an sin. 'S aithne dhi na laithean air am bi 'n dotair a' tighinn 's tha e nadurra gu leoир dhi barail an dotair fhaotainn mur tiomchioll.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Direach sin ! Ach dh'fhaoidte gur toigh leatha carbadair an dotair a choinneachadh, agus a bharail fhaotainn mu a tiomchioll fhein.

MURCHADH.

(*A' fàs rud beag cas.*) 'S carson nach faigheadh ?

AONGHAS.

Gu réidh, a Mhurchaidh ! Na bi cho cas ! Cha robh mi ach ri feala-dhà. 'S air m'fhacal 's tu fhein an gille còir, glic. Chan abair mi tuilleadh. (*Tha e' lasadh na pioba.*) Tha e coltach gu bheil gnothuichean móra dol a thachairt air Beinn nan Creach. Tha fhios gu 'n cuala tu seanachas nam feadhfnach ud air an rathad a nuas.

MURCHADH.

Chuala mi sin—

AONGHAS.

Tha iad ag radh gu bheil tòrr de bheartas r'a fhaotainn 's a bheinn.

MURCHADH.

Airgiod ! Airgiod ! Am bheil ni 'nur beachd ach airgiod. Am bheil dad am Beinn nan Creach ach airgiod ?

AONGHAS.

Bithidh tu coltach rium fhìn a Mhurchaidh—a' smaointeachadh gu 'm mill iad Eilean Arois le 'm nièineachan, 's le 'n obraichean uisge.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MURCHADH.

(*A' fas cas a rithist.*) Chan eil mi 'smaointeachadh dad de 'n t-seorsa. Tha iad a' dol a dheanamh math do 'n dùthaich. Dé 'n amaideas a tha 'n ur beachd?

AONGHAS.

(*Le mì-thlachd.*)—Amaideas! An e sin do bharail?

MURCHADH.

An dearbh amaideas! 'S iomadh uair a dhùraichd mi an taobh deas a thoirt orm, agus eolas fhaotainn air an fhoghlum 's air na h-innleachdan ùra a thatar a' faotainn am mach. Agus a nis tha iad a' tighinn thun nan dorsan againn.

AONGHAS.

Seadh, a Mhurchaidh, bha thu riamh deidheil air do chor a leasachadh, agus faotainn air d'aghaidh.

MURCHADH.

Bha agus bithidh. 'S aithne dhomh fhin gu bheil comasan agam gu seirbhis as àirde na bhi 'm ghille gnothuich ann an Tigh òsda Thòrlochain—a' carbadaireachd—a' càradh bhealach —a' rusgadh chaorach—a' togail mòna—obair thràilleil.

AONGHAS.

Gun teagamh! Bha déidh riamh agad air sgoilearachd.. Ach cha dean beagan airgid 'na cheann coire sam bith.

MURCHADH.

Tha sibhse ceart. Tha cumhachd an cois an airgid—cumhachd a chum barrachd eolais fhaotainn. Eisdibh rium, Aonghais.—Bithidh iad a leughadh nan creag sin shuas mar a leughadh sibh leabhar. 'S ann a tha 'n naidheachd mhath so ag cur 'nam chuimhne sgeulachdan na Fèinne.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

### AONGHAS.

'S iongantach an saoghal a th' ann. Na 'n abradh duine rium an diugh 's a' mhaduinn gu 'm biodh iad ag cladhach iaruinn á Beinn nan Creach—

(*Tha 'n dorus mór 'g a fhosgladh agus tha MORAG, nighean AONGHAIS a' tighinn a stigh—falt dorcha—craigionn boidheach geal—suilean meara.*)

Agus nach i Mòrag fhein a th' agam? Bha sinn direach a' bruidhinn ort.

(*Tha MORAG a' pògadh a h-athar agus a' breith air laimh air MURCHADH, ag amharc air gu diùide. Tha MURCHADH cho diùide rithe fhein, agus tha e soilleir gu bheil iad a' leannanachd.*)

### MORAG.

Agus ciamar a tha sibh, athair—Glé mhath, am bheil? (AONGHAS ag aontachadh.) Cha chreid mi fhìn nach eil sluagh an t-saoghail a' cruinneachadh gu Ardseileach an diugh. Tha Murchadh an so. Agus thachair an dotair orm, agus Caiptein Tearlach, agus fear nach b' aithne dhomh comhla riutha a 'dol suas an gleann.

### AONGHAS.

Seadh! Agus chan fhada gus am faic thu ceud duine 's a' ghleann ma choinneamh an aoin a chunna tu 'n diugh.

### MORAG.

Nach neonach a' chainnt a th' agaibh, athair? Ach ciamar a tha 'n lurgann, agus c'uin a tha sibh a' tighinn dachaidh?

(*Tha MURCHADH ag éirigh 's a' coiseachd feadh an tighe.*)

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Thuirt an dotair gu 'm faod mi dol dachaidh an ceann latha no dha.

MORAG.

'S eibhinn leam 'ur naidheachd. Chan eil mi ach glé aonarach leam fhìn. Ach dé th' air tighinn air Murchadh?

AONGHAS.

(*Le snodha gaire.*) Tha Murchadh a' smaointeachadh air na laithean a tha 'tighinn 'nuair a bhios e 'na fhear riaghlaidh air na mèineachan iaruinn.

MORAG.

Gu de air thalamh a tha sibh a' ciallachadh?

MURCHADH.

Chan eil d'athar fada cearr. Tha iad a 'dol a thoiseachadh air iarunn a chladhach á Beinn nan Creach, agus tha mise mar aon glé thaingeil airson cothrom aghartachaидh dhomh fhìn.

MORAG.

Sin an turus air am biodh an Caiptein rathad a' ghlinne.

AONGHAS.

Tha thu aige, 'Mhòrag. Eolas is innleachdan ùra mar tha Murchadh ag radh!

MORAG.

(*A' fàs cas.*) Agus a reir coltais tha sibh fhein is Murchadh a dh'aon bharail. An ann air bhàinidh a tha 'n dithis agaibh (*tha i 'toirt seallaidh thàireil orra le cheile, agus a' deanamh air an uinneig.*) Siod iad thall. Na 'n robh gunna math agam, dheanainn coilich dhubha de 'n iomlan.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MURCHADH.

Gu de, a luaidh a tha thu ag radh?

MORAG.

A 'dol a' sgàineadh na Beinne as a cheile, am bheil?—A reic an anama airson nam bonn airgid. Mo chreach! 's mo thruaighe!

MURCHADH.

A Mhorag—Aonghais.—An do chaill thu do chiall?

MORAG.

'S mi chaill (*a' comhdach a h-aodainn le 'làmhan agus a' gul*) Agus co, saoil thu, a thug bhuam i?

MURCHADH.

(*A 'cur a ghairdeanan m 'a tiomchioll.*) Cuist! A nis, a Mhorag. C'arson a bhiodh tu cho trom orm agus mi 'g iarraidh mo chor a leasachadh air do shon fhein?

MORAG.

(*'G a fuasgladh fhein.*) 'S gu de 'm buannachd a bhios ann dhomhsa ma tha Eilean Arois gu bhi air a stròiceadh as a cheile?

MURCHADH.

Direach sin.—An t-seann chomhstri! Bha thu riamh air taobh nan seann chleachduidhean Gaidhealach. Na frìthean fo na fèidh 's na sleibhteán fo na caoraich! Frith-rathad nan dròbhairean far am bu chòir a bhi rathad mórr an Righ. Mòrag 'na caillich a' càrdadh 's a sniomh—'s a suas le bochdaine an t-sluaigh!

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MORAG.

Tha beo-shlaint ghlan againn co dhiubh, seach treallaich agus salchar nam bailtean móra.

AONGHAS.

'S math a fhuaras tu 'Mhórag !

MURCHADH.

A luaidh ! Gu de nach d'thugainn-sa na 'm faighinn aon bhliadhna de sgoil nam bailtean móra. Eolas ! A Mhórag ! Aghartachadh ! 'Sann 's a bhaile mhór a gheibht' iad, 's chan ann 'an Eilean Arois.

MORAG.

Mo chreach 's mo léireadh !—A bhi 'gad eisdeachd, a Mhurchaidh!

MURCHADH.

(*Gu sgaiteach.*) Chan eil comas air ! Chan fhaod mi mo chreidimh a chleith. Na seann chleachduidhean gasda !—Ag eirigh aig tri uairean 's a mhaduinn 's a direadh a' mhonaidh aig àm nan uan—a' giulan màileidean a' "Phost Office" ann an cathadh sneachda—a' falbh leis an dotair do 'n Mhuidh, tri fishead mìle ann is ás, agus a' ghaoth tuath a' seideadh a nuas an caol 's a' sgiursadh an uisce 'na chobhair geal. Sin agad na seann chleachduidhean mar is aithne do Mhurchadh iad.

AONGHAS.

'S math a thubhaint thu, a Mhurchaidh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MORAG.

Seadh, direach ! 'S cha bhi fuachd no fliuchadh aig na mèineachan iaruinn ! 'S cha bhi na h-uairean fada ! 'S cha bhi na h-Eirionnaich fiadhaich 's na Sasunnaich amaideach ag òl 's a' sabaid, 'nuair a bhios iad ag cladhach ann am Beinn nan Creach !

MURCHADH.

Cuiridh tu thar mo bheachd mi le d' theangaidh sgaitich.

MORAG.

Chan eil sin aig mo theanga-sa r'a dheanamh. Tha Murchadh Mac Aoidh thar a bheachd mar tha—eadar foghlum is aghartachadh—agus an còrr.

(*Tha i 'gul a rithist agus a' suidhe aig an teine 's a culaobh ri MURCHADH.*)

AONGHAS.

A Mhórag, tha thu mothas trom air Murchadh. Agus, a Mhurchaidh, tha tomhas de 'n fhirinn agaibh le cheile. 'Nam bharail fhein, bithidh coltas neònach air Beinn nan Creach an latha nach fhaicear fraoch air a sliabh, no a' mhaigheach a' leum feadh nan coireachan. Cluinnibh so. Chan eil iarraidh sam bith agams' air an cuid mhèineachan, no air am beingean aibhne. Tha mi 'cur m'aonta le Mórag.

MURCHADH.

(*Gu sgaiteach.*) Cha robh sibh fada 'g atharrachadh 'ur puirt. Gu de 'thuirt sibh o chionn tiota mu 'n airgiod a bh' ann ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

(*Le feirg.*) Agus co thusa—a dh' fhaotainn coire dhomhsa mu atharrachadh phort? Chan eil thu 'nad fhear riaghlaidh air na mèineachan fhathast, a Mhurchaidh, agus thoir an aire cionnus a bhruidhneas tu riumsa.

MURCHADH.

Gabhaibh mo lethsgeul, Aonghais. B'fhearr gu 'n cuirinn casgadh air mo theangaidh. Theagamh gu bheil mi cearr, 's nach eil mi ach ag altrum aisling na h-oidhche.

AONGHAS.

(*A' fionnarachadh beagan.*) 'S math a thig dhuit a dheanamh.—A' bruidhinn riumsa mu atharrachadh phort. Thu fhein 's do mhèineachan!

(*An dorus mór 'ga fhosgladh agus CAIPTEIN TEARLACH a' tighinn a stigh.*)

AN CAIPTEIN.

Tha sinn deas gu falbh, a Mhurchaidh. Beartaich 's bitidh sinn a' togail oirnn.

(*Tha MURCHADH a' dol am mach, ag amharc gu dubhach air MORAG 'na suidhe aig an teine 's a culaobh ris.*)

Am bheil thu air na mèineachan fhathast, Aonghais?—“A beachdachadh” math dh'fhaoidte air mo thairgse mu 'n chroit?

AONGHAS.

(*A' lasadh le feirg 's ag éirigh air na tròsdain.*)

“A' beachdachadh!” 'S mi tha.—“A' beachdachadh.” 'S toigh leis a' Chaiptein a bhi ri feala-dha. Ach tha

## 'S LEAM Fhin an Gleann

'n Caiptein a' deanamh di-chuimhn'. Tha leithid de ni ann ri Achd nan Croitearan. An e gu 'n d'thugainn-sa dhuibh a' chroit agam? Cha d'thugadh—ged a gheibhinn a h-uile mèin iaruinn air an t-saoghal. Being uisge aig a' Choille Mhóir, ma seadh! Cha bhi ged nach òlainn deoch tuilleadh ri 'm bheo—laidir no bog!

(*Tha e 'dol a dh'ionnsuidh doruis a sheòdmair fhein, a' crathadh a phìob thombaca gu foirmeil.*)

## TUITIDH AN CUIRTEIN.

## EARRANN II

DEALBH.—*Cidsinn Tigh Airdsheilich.* Tha sia seachduinean air dol seachad. Tha MACPHEADRAIN, am marsanta, 'na shuidhe aig bòrd a' chidsinn, agus tha pàipearan, peann is dubh f'a chomhair. Fear liath, feusag ghoirid gheal air, glasneulach, sliomach, seòlta 'na choltas—mu thri fichead bliadh'n' a dh'aois—lèine gheal lìn air, agus bann dubh m' a amhaich—a chomhdach cinn air a' bhòrd laimh ris—deise dhubh air agus i seann fhasanta. Tha BEAN ALASDAIR CROITEAR, 'na seasamh dlùth dha agus leabhar cunntais aice 'na laimh. Tha i 'cur airgid air a' bhòrd, agus tha MACPHEADRAIN a' breith air an leabhar as a laimh—a sgriobhadh ann, agus 'ga thoirt dhi air ais. Tha e suathadh a lamhan thar a cheile mar gu 'm biodh e 'gan nigheadh. Tha 'n suathadh làmh so 'na chleachdadh aig MACPHEADRAIN.

### MACPHEADRAIN.

An t-airgiod, a bhean Alasdair! Cuig tasdain deug—direach sin! 'S ciamar tha 'n cnatan? Thoir an aire mhath dhuit fhein. Chan eil na daoine math ach tearc. Theid mi ceum an rathad leat. (Ag éirigh.)

### BEAN ALASDAIR.

Ud! Ud! Cha teid, a Mhr. MacPheadrain. An e gu 'n rachadh duine mór coltach ribhse ceum an rathad leamsa? Cha téid! Cha téid!

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MACPH.

Ach gu dearbh, theid. Chan ann a h-uile latha 'chi mi mnathan cho beusail ri bean Alasdair. So an rathad, agus am bheil thu 'g radh rium—

(*Tha iad a' dol am mach an dorus mór, a' comhradh, direach mar a tha MRS. GALLETLY a' tighinn a stigh an dorus cuil gu h-ùpraideach—i fhein agus AONGHAS. Tha AONGHAS a nis gun tròsdain, ach tha ceum crubach ann fhathast. Tha MACPHEADRAIN a' stad tiota, agus a' cur failt air MRS. GALLETLY gu h-aoibheil.*)

MACPH.

Tha latha breagh againn an diugh, a Mhrs. Galletly.

MRS. G.

Tha'n deagh latha (*gu h-aithghearrá.*)

(*Tha MACPHEADRAIN a' gabhail air mi-thlachd a bhi air a chionn i bhi cho bras. Tha e 'dol am mach le BEAN ALASDAIR.*)

Gu'n sealladh am Freasdal ormsa! Tha'n tigh so coltach ri tigh òsda 'n diugh. Gu de thug MacPheadrain an so? Ciod thuige an d'thug Iain cead mo chidsinn-sa dha fhein 's d'a threallaich?

(*Tha i 'togail nam paipearan 's a phinn 's an duibh 's 'gan cur air an dreasar. Tha i 'réiteachadh a' bhuid agus a 'cur tubhailt gheal air.*)

Nach e nach eil gun aghaidh! Thainig an toiseach an Captein agus Mr. Stockman feuch an d'thugainn deoch bhanne dhoibh mu thri uairean. Thainig an sin MacPheadrain, 's na dheigh-san, thainig thusa, 'S ann a tha sibh a 'cur am chuimhne latha féill 's an taobh deas.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

So, agaibh, a Mhrs. Galletly mar a tha—

MRS. G.

An t-each beag agad 's an stabull ag itheadh mo chuid coirce, agus thu fhein 'nad chadal gu sranndach am measg an fheoir. Gu de tha'n saoghal a' tighinn thuige?

AONGHAS.

So mar a tha. Tha gàradh crich nam fiadh os cionn na croit agam air tuiteam, 's tha na feidh a' tighinn a stigh orm 's ag itheadh mo chuid buntàta.

MRS. G.

Gu dé th' aig a sin r'a dheanamh ri mo chuid coirce-sa?

AONGHAS.

B' eiginn stad a chur air na feidh. Dh'fheuch mi 'n toiseach solus lanndair am measg a' bhuntàta fad na h-oidhche.

MRS. G.

Ach, de mu 'n choirc agamsa?

AONGHAS.

Rinn an lanndair feum math gu leoir a' cheud oidhche, ach dh'fhàs na feidh cleachdte ris. Is seolta an creutair an damh donn. Cha robh agam air a nis, ach an gunna, agus a' ghiorrhachadh mo naidheachd, ghiulain an t-each beag a nuas an gleann, damh mòr cròcach do ur n-ionnsuidh. Thug mi 'n so e mu thri uairean 's a mhaduinn an diugh, air eagal gu 'm faiceadh na frìthearán mi.

MRS. G.

Gu'n sealladh am Freasdal orm! Cha d'thug thu'n damh an so Aonghais, agus na daoine sin mu 'n cuairt.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAIS.

(*Gu teòma.*) Dh'fhaodte nach do chòrd an sithionn mu dheireadh ribh a thug mi dhuibh.

MRS. G.

Tha thu ro choibhneil, Aonghais. Ach tha fhios agad fhein nach eil an obair so cneasda.

AONGHAS.

Damh breagha, cròcach, a Mhrs. Galletly ! Cha diùlt sibh tiodhlac Aonghais, agus e cho taingeil airson 'ur coibhneis da 'nuair a bha a lurgann briste.

MRS. G.

Tha mi gu mór 'nad chomain, Aonghais. Ach c'ait an do chuir thu e?

AONGHAS.

Anns an t-seòmar sin thall. Bithidh e sàbhailte gu leoir an sin, am folach air na daoine móra tha 'tighinn mu 'n cuairt.

MRS. G.

(*A' fosgladh doruis an t-seomair agus a' toirt sùl a stigh.*)

An ainm an aigh! Ach diol mo sheòmair ! Ach, tha mi fada 'nad chomain, Aonghais.

AONGHAS.

Na abraibh facal tuilleadh—Seadh ! 'S tha ioghnadh oirbh MacPheadrain fhaicinn an so.

MRS. G.

Chan e ioghnadh ach carraig. Agus nach cuireadh e carraig air bean tighe sam bith—dearbh bhathais an duine ! A' deanamh aite gnothuich de 'n tigh agamsa !

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

B'abhuist da tighinn an so daonnan gu bhi 'trusadh a chuid airgid bho na croitearan 'sa choimhearsnachd. Chleachd e sin ri linn Mhic Artair, an tuathanach a bha 'n so mu dheireadh.

MRS. G.

Cleachduinn ann no ás, theid stad a chur air.

AONGHAIS.

Gu reidh, a Mhrs. Galletly na cuiribh a mach air Dughall MacPheadrain. Tha Dughall seòlta. Chan fhada gus am bi sibh 'na eisimeil, ma theid aig 'oirbh.

MRS. G.

Iain 's mi fhìn 'na eisimeil! Cheannaicheamaid e o làrach nam bonn, latha sam bith. Taing do Ni Math !

AONGHAS.

Tha bheatha sin agaibh bhuamsa. Ach, 's gann gu bheil croitear 'san dùthaich nach eil ann an ainbheach Dhughail. Tha'n làmh an uachdar aig oirnn gu léir.

MRS. G.

Am bheil thu 'g radh rium?

AONGHAS.

Tha, gun teagamh ! Tha e 'n drasda ag iarraidh guth taghaidh an t-sluaigh dha fhein 's d'a chairdean airson faotainn a stigh do Chomhairle na Sgireachd, 's do Bhòrd na Sgoil.—Seadh cuideachd agus do Chomhairle na Siòrramachd. 'S beag an rud anns nach eil làmh aig Dughall .

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MRS. G.

Agus e 'na fhoirbheach eaglais! Nach b'e 'n saoghal peacach, cealgach e, Aonghais?

AONGHAS.

Seachnaibh am fear ud. Tha e 'cur roimhe gu 'm brist e mise, oir tha mi 'na ainbheach, 's chan urrainn mi 'phaidheadh. Chuir e paipearan lagha dà uair do m'ionnsuidh.

(*A' toirt phaipearan buidhe as a phòca.*)

MRS. G.

An ann mar so a tha 'chùis, a dhuine bhochd?

AONGHAS.

'S ann da rireadh (*a' fàs feargach.*) Tha fhios agam co tha air a' chùl so. Tha 'n Caiptein Tearlach. Tha mi 'cluinntinn gu bheil e 'tadhal gu math bitheanta air MacPheadrain. 'S iomadh rud a chluinneas mi !

MRS. G.

Am bheil thu 'g radh riùm?

AONGHAS.

Bristidh iad an croitear bochd, agus cuiridh iad as a' chroit e. Tha sin a réir Achd nan Croitearan. Agus aon uair 's gu 'm faigh iad cuibhteas mise, bidh cead aca 'dol air an aghaidh le 'm mèineachan, 's le 'm beingean uisge.

MRS. G.

A dhuine thruaigh. 'S tha thusa, leis a sin—ullamh !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Cha dubhaint mi ! (*Gu dòchasach.*) A Mhrs. Galletly na'n d'thugadh sibhse dhomhsa cosnadh a rithist air an fhearrann agaibh, dheanainn beagan airgid, agus rachadh agam air MacPheadrain a phaidheadh.

MRS. G.

(*Air a h-earalas.*) 'S dochu gu 'm b' iad tighean osda Thòrlachain a gheibheadh na chosnadh tu.

AONGHAS.

(*Gu togarrach.*) Air m' fhacal, chan ann mar sin a bhithheadh. Tha mi air sgur de 'n òl—co dhiubh gus am bi 'n dragh so seachad. Gabhaidh mi 'n teetotal a h-uile latha.

MRS. G.

Leòbhra, gabhaidh.—A h-uile uair an uaireadair !

AONGHAS.

Och ! Ochan (*gu togarrach.*) Cluinnibh mi. Rachadh agam air beagan obrach a dheanamh dhuibhse eadar so 's an Fhéill Martainn, 's bhiodh an lurgann a' sior dhol na b'fhearr. Agus na'n d'thugadh sibh dhomh tuarasdal mios roimh laimh, bheirinn a h-uile sgillinn deth do Mhac Pheadrain an diugh fhein.

MRS. G.

'S mi nach tabhair ! Cha d'fhag mo chiall mi fhathast. Ach—stad ort. Bheir mi dhuit an t-airgiot, ma dh'innseas tu aon rud dhomh.

AONGHAS.

(*A' gabhail iongantais.*) Gu de nis ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MRS. G.

Innis dhomh gu dé 'chomhairle a thug d'athair ort air leabaidh a bhàis. Tha thu daonnan a' càran air, 'nuair a tha dram agad.

AONGHAS.

An e sin e? Och, chan fhiach e tighinn thairis air.

MRS. G.

Matà 's fhiach. Bha déidh riamh agam air facal bàis. Ach dean thusa mar is àill leat. Chan fhaigh thu sgillinn bhuamsa, gus an innis thu dhomh dé bh' ann.

AONGHAS.

Cha robh ann ach amaideas. Ach 's coma leam 'ur diùltadh. Geallaibh dhomh nach gabh sibh mi-thlachd.

MRS. G.

C'arson a ghabhainn mi-thlachd?

(*Tha i 'dol do 'n dreasar, agus a 'toirt sporain as, 'ga fhosgladh, agus a' toiseachadh air airgiod a chunntas.*)  
A mach leis a nis !

AONGHAS.

Chuir m' athair a làmh air mo cheann agus thubhaint e riùm "Feuch gu 'm bi thu 'd ghille math, Aonghais, agus gu'n seachainn thu droch chompanaich. Bi daonnan ag cur salainn 's an tobar 's cha ruig thu leas a chur 's a bhrochan."

MRS. G.

(*A' gabhail mi-thlachd.*) Nach math bha fhiös agam nach biodh ann ach baothaireachd air choir-eiginn? So dhuit an

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

t-airgiod ('ga shineadh dha)—agus feuch gu 'n obraich thu na 's fhearr air a shon na rinn thu roimhe so. Baothaireachd gun toinisg ! An sean amadan !

(*Tha i 'cur an sporain air ais far an robh e, agus a' glasadh an aite ghleidhidi. Tha i'dol gu h-ùpраideach an ceann a h-obrach. Tha MACPHEADRAIN agus IAIN a' tighinn a stigh an dorus mór. Tha ultach de nì eiginn aig MACPHEADRAIN 'ga ghiulan—suainte ann am paipear glas.*)

IAIN.

Thigibh a stigh, a Mhr. MacPheadrain, 's gu 'm faigh sibh dram.

MACPH.

Taing dhuitsa, Iain! Nach breagh an latha, a Mhrs. G !

(*Ach tha MRS. GALLETLY a' tionndadh a culaobh ris 's a' dol air aghaidh le obair an tighe.*)

MACPH.

Nach mi tha 'nad chomain, Iain, airson an dà cheann mhuc a thug thu dhomh. C'ait an cuir mi iad? (IAIN a' lionadh na gloine)—deur beag a nis ! Stad ! Stad ! (*Tha e 'cur an ultaich air an dreasar.*) 'S toigh leam fhìn crioman de fheoil muice air uairean (*a' tionndadh ri AONGHAS.*) Tha thu 'n sud Aonghais.

AONGHAS.

(*A' toirt air lom a leabhar cunntais.*)

Tha latha math ann, a Mhr. MacPheadrain.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MACPH.

Chan eil an latha gu dona, Aonghais. Agus tha 'n lurgann gu laidir a nis. Gabh cùram dhiot fhein a dhuine. Chan eil na daoine matha ach tearc—Aonghais. Bha duilichinn orm an lagh a chur ort—tha gu dearbh—ach ceartas, Aonghais, ceartas. Cha seas ach ceartas. (*Tha e 'cur na gloine r'a bheul.*)

AONGHAS.

(*A' toirt an airgid as a phòca, 's 'ga shìneadh comhla ris an leabhar cunntais do MHACPHEADRAIN.*)

Am bi sibh cho math agus dà phunnd 's a deich a thoirt thar a' chunntais agam?

MACPH.

(*A' gabhail iongantais.*) Gun teagamh, Aonghais.

*Tha e 'sgriobhadh anns an leabhar, a' cur stamp ann, a' cur ainm ris, 's 'ga shìneadh air ais do AONGHAS.)*

IAIN.

Tha cùisean a soirbheachadh leat, Aonghais.

AONGHAS.

Feumaidh sinn a bhi 'deanamh ar dìchill.

MACPH.

'S ann an aghaidh mo thoil a chuir mi 'n lagh ort, Aonghais.

AONGHAS.

Tha mi 'ga thuigsinn sin gu math.

MACPH.

Tha mi 'dol a chur ceist riut, Aonghais. Tha mi 'smaointeachadh air bùth a thogail 's an achadh ud thall, air

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

fearann Iain ann an so, airson goireasan a reic ris an luchd oibre a bhios a' tighinn a dh'ionnsuidh nam mèineachan ùra. Saoil nach freagarradh an t-àit air Mórag.

AONGHAS.

(*Le snodha gaire.*) O Seadh ! Mórag agamsa 'na nighean bùth agaibhse. Chi sibh a' mhuir a' dol roimh theine, mu 'm faic sibh Mórag air cùl a' chuntair agaibhse.

MACPH.

Tach ! Thusa 's do mheud mhòr !

IAIN.

(*Ri MACPHEADRAIN.*) Na gabhaibh suim dheth.—Deur beag eile.

MACPH.

(*Ag amharc gu feargach air AONGHAS.*)

Cha ghabh mi 'n còrr.

IAIN.

Ud ! Ud ! A dhuine, dileag bheag !

MRS. G.

(*A' deanamh greim air a' bhotul 's na gloineachan agus 'gan cur seachd.*)

Na bi cho beag mothachaidh, Iain. Nach eil an duine 'g innseadh dhuit gu bheil gu leoir aige. Thigibh comhla riumsa, a Mhr. MacPheadrain, 's gu'n seall sibh air a' mhuidhe ùir a cheannaich mi uaibh o chionn da mhìos. Chan eil mi 'faotainn car ceart as.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

IAIN.

A' bruidhinn air cion mothachaidh ! Nach leig thu leis an duine dram a ghabhail ?

MRS. G.

Gheibh e sin, nuair a tha mis' ullamh dheth 's d 'a mhuidhe.  
Bidh feum aig air an uair sin.

(*Tha i 'treorachadh MHICPHEADRAIN am mach an dorus ciuil.*)

IAIN.

Nach i 'ghalad i ?

AONGHAS.

Tha i, direach, neo-ar-thaing !

IAIN.

Galad gu 'cul ! Ach, Aonghais, gu de thug ort bruidhinn ri MacPheadrain mar a rinn thu ? An ann thar do bheachd a tha thu, a bhi 'cur an aghaidh a' mhèineachaидh so ? Tha MacPheadrain ag radh gur h-e rud as fhearr a thachair riagh do 'n dùthaich.

AONGHAIS.

Dha fhein 's d 'a sheorsa !

IAIN.

Seadh ! Agus dhuinn uile ! Gheibh mise mo dheagh phaidheadh a chionn a bhi 'call feurach chaorach air an taobh a bhos de 'n Bheinn. Agus chan fhaod e bhi gu bheil thusa 'dol a sheasamh am mach an aghaidh a Chaiptein air sgàth tigh beag tughaidh, agus boglach croite ?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Chan eil sibhse 'tuigsinn, a Mhr. Galletly.

IAIN.

Tha mi 'g a d' thuigsinn glé mhath. Uabhar a' Ghaidheil!

AONGHAS.

Chan eil sibhse 'tuigsinn c'arson a fhuair sinn Achd nan Croitearan 's a' Ghaidhealtachd.

IAIN.

Mo dhonadh air Achd nan Croitearan! Cuiridh sinn Achd nan Croitearan 'na smùid. A dhuine dhlorasaich, nach eil thu 'faicinn gu 'm bu bhuanachd dhuit fhein gabhail ri tairgse a' Chaiptein?

AONGHAS.

Ach cha cheadaich an t-Achd sin da. 'S cha cheadaich an t-Achd dhomhsa mo chòir a reic, ged bu mhath leam sin a dheanamh, rud nach h-eadh.

IAIN.

Mo dhaoine! Nach e 'n Gaidheal mo laochan gu laghaireachd! Agus am bheil thu 'g radh rium nach eil còir aig a' Chaiptein ris na miotailtean a tha 'sa' chroit agad?

AONGHAS.

O! Chan eil mi 'g radh dad de 'n t-seorsa. Ma tha miotailtean 's a' chroit, bidh còir aig orra. Ach chan ann 's a' chroit a tha na miotailtean, ach anns a' Bheinn.

IAIN.

Tha thu ceart gu leoir an sin. Ach gu de bha e 'g iarraidh a chur 'sa' chroit agad—being uisge no rud mar sin?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Tha sibh aige! Ach cha teid aig' air a sin gun dragh—agus theagamh nach teid—le dragh fhein.

IAIN.

Ciamar sin?

AONGHAS.

Gheibheadh e cumhachd uisge 'sa' Ghleann Chaol.

IAIN.

Ach tha 'n Gleann Caol air taobh thall na Beinne, agus tha 'n stuth iaruinn as fhearr air an taobh a bhos. Cosgaidh e mòran barrachd dha, ma dh'fheumas e cumhachd uisge a thoirt as a' Ghleann Chaol.

AONGHAS.

(*Le snodha gàire.*) Direach sin! Agus cosgaidh e barrachd na sin da mise 'chur as a' chroit. Tha cuimhn' aig daoine fhathast cia liuthad teaghlaich a chaidh fhuadach as a' Choille Mhòir ann an Gleann Ill-leathain 's na laithibh a dh'fhalbh. Ma's duine glic e, bidh cho math dha gun a bhi 'g ùrachadh na h-eachdraidh sin—agus sin an rud a ni e, ma ghabhas e gnothuch ri Aonghas MacFhionghain. Creideadh sibhse mise.

IAIN.

Tha iad ag radh gu 'm faigheadh e a' chuid as fhearr dhiot ma ni e brist thu.

AONGHAS.

Tha e feuchainn ris.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

IAIN.

Mo dhonadh air !

AONGHAS.

(*Gu socrach.*) Air a h-uile cor. An cuala sibh na thuirt MacPheadrain mu 'n lagh a chuir e orm ?

IAIN.

Tha mi 'gad thuiginn. Seadh direach ! 'S tha MacPheadrain 's an innleachd am bheil ? Ach nach tu tha dòrasach, Aonghais ? Bheir thu an gamhlas mu d' cheann. Aig a' cheart ám chan eil aca ach an fhior shlaigtearechd —a feuchainn ri d' bhristeadh, a chum greim a dheanamh air a' chroiteig agad.

AONGHAS.

O ! Chi sinn. Chi sinn !

IAIN.

An e sin a tha thu 'g radh ? Mo laochan, Aonghais !

AONGHAS.

Tha mi 'dol ceum a shealltuinn an eich bhig. (*Tha e 'g eirigh.*)

IAIN.

O'n a tha thu 'dol an rathad, thoir leat so (*A' sineadh ultach MHIC PHEADRAIN dha.*) Fàg ann an carbad Mhic Pheadrain e.—Cinn mhuc a spùin e orm.

(*Tha iad le cheile 'deanamh air an dorus chùil agus tha MRS. GALLETLY, a' tighinn a stigh an dorus mór le cabhaig. Tha AONGHAS a' dol am mach, agus tha IAIN a' fuireach air deireadh.*)

Gu de 'n drip a th'ort, a bhean ?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MRS. G.

Chan fhaigh mise car deanta 'n diugh. Tha 'n Caiptein agus Mr. Stockman air tilleadh o 'n Bheinn, 's iad cho acrach 's gu 'n itheadh iad molt. Agus tha 'n Coirneal a nall troimh'n achadh, e fhein 's na frithearan. C'arson nach itheadh iad am biadh 'sa' mhonadh coltach ri daoine eile a bhios a' sealg an fheidh?

(*Tha IAIN a' toirt a' bhotuil agus gloineachan air lom, 's tha MRS. GALLETLY 'g an cur air ais).*

Cha bhi 'n còrr dheth sin an so. Chan eil thu ach 'g an tarruing thun an tighe le d' dhram. Thoir thu fein ort as a so! Foghnaidh dhuit na fhuair thu de dhram an diugh.

(*Tha i 'g a ghreasadh am mach an dorus cùil mar a tha 'n CAIPTEIN is MACPHEADRAIN a' tighinn a stigh an dorus móir, a' comhradh. Tha deise sheilg le sumagan leathraich air a' CHAIPTEN. Tha MRS. GALLETLY a' cur bìdh air a' bhòrd—bainne, im iscaise, etc. Tha iad a' suidhe sios agus ag itheadh. Tha MRS. GALLETLY 'dol am mach an dorus cùil.*)

MACPH.

Agus ciamar tha 'n Caiptein? Gabhaibh cùram de 'n t-slainte, le 'r cead. Tha na daoine matha tearc.

AN CAIPTEIN.

Latha sgìtheil, a leòbhra! Choisich Stockman 's mi fhìn astar móir, ach cha d'fhuair sinn mar astar do dhamh fad an latha. Seadh! 's chur thu 'n lagh air mo ghille gasda.

MACPH.

Tha sinn air a lorg ceart gu leoир. Na biodh cùram oirbhse.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

'S math leam sin a chluinntinn.

MACPH.

Ochd puind deug, agus deich tasdain—a th'agam air.  
Cha phaidh e gu siorruidh.

AN CAIPTEIN.

Agus ciamar a gheibh sibh thuige?

MACPH.

Fhuair e sumanadh gu cùirt an Obain, 's cha do nochd  
e 'aghaidh.

CAIPTEIN.

Agus gu dé 'n ath rud?

MACPH.

Seachd laithean 'na dheidh sin fhuair sinn binn na  
cùrtach 'na aghaidh. B'e sin an là dé. Chan eil aig ach  
naoi laithean fhathast.

AN CAIPTEIN.

Tha sibh gleusda!

MACPH.

Math gu leoir! An ceann nan naoi laithean, bidh binn  
'na aghaidh nach do choinnich e, agus ann an sealladh an  
lagha tha e briste. Foghnaidh sin a reir Achd nan Croitearan.

AN CAIPTEIN.

Ach, dé ma phaidheas e 'n t-ainbheach ann an àm?

MACPH.

Co bheireadh iasad airgid do fhear a tha cho trom air an  
deoch?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

Tha dochas agam nach teid grabadh a chur 's an deagh obair. Dé 'n t-ainm laghail air fear a theid a bhristeadh 's an doigh so?

MACPH.

*Notour Bankrupt.* (*Gu gamhlach.*) Aonghas Mac Fhionghain, 's a Choille Mhóir, *notour bankrupt.*

AN COIRNEAL.

(*A' tighinn a stigh.*) Tha thu 'n so, a Thearlaich. Ciamar a chaidh leat 's an fhrith? (*TEARLACH a' crathadh a chinn.*)

Tha sinne air an ruith cheudna. Chan fhacas fiadh an diugh. Is seolta 'n creutair an damh donn. Ach dé thubhaint thu mu Aonghas, agus bristeadh?

MACPH.

(*Le aiteas.*) Bithidh e air a bhristeadh againn an ceann naoi laithean, a Choirneil, agus an uair sin feumaidh e a' chroit fhàgail. Rinn e uaill gu leoir á Achd nan Croitearan. Bheir sinne dha barrachd dheth 's as math leis.

(*Tha 'n CAIPTEIN a' toirt oidhirp os iosal air MACPHEADRAIN a chumail 'na thosd.*)

AN COIRNEAL.

(*Gu feargach.*) Chan fhaod e bhi, a Thearlaich, gu bheil thu 'cur aonta ri obair de 'n t-seorsa so—a' milleadh duine is 'ga fhuadach as a dhachaidh. Saoil nach an-uasal an gniomh e?

MACPH.

(*A' tuigsinn mar 'tha cuisean.*) O, cha mhill sinne an duine—cha mhill, cha mhill. Mhill an duine truagh e fhein,

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

le 'chuid òil 's le ghòraiche. Cha dean sinne ach a'chroit a ghabhail an deidh dha falbh.

AN COIRNEAL.

Ach is tusa, Thearlaich, a th'air a' chùl so.

MACPH.

'S ann agam fhin a tha 'n truas do dh'Aonghas bochd.

AN CAIPTEIN.

(*Ri MACPHEADRAIN.*) Fan sàmhach, a chealgair ! (*Ris a' CHOIRNEAL.*) Eisdibh ! Am bheil e cothromach no ceart gu 'n seasadh an duine so 's an rathad oirnn, agus sinn a' strì a chum buannachd an Eilein air fad ?

AN COIRNEAL.

Buannachd dhuit fhein, a Thearlaich. Seas aig an fhirinn.

AN CAIPTEIN.

Co dhiubh, tha sibh a' labhairt gu soilleir, athair !

AN COIRNEAL.

Tha mi sin !

AN CAIPTEIN.

Agus labhraidh mise a chearta cho soilleir. Tha mi 'dol a bhristeadh an duine so. Chan eil doigh eil' air. Feumar an obair iaruinn a chur air a h-aghaidh. Chan eisd Aonghas ri deagh chomhairle, 's bho nach eisd bristidh mis' e.

COIRNEAL.

Leis an t-slaightearachd?

MACPH.

Chan ann ! Chan ann !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

Tha'n lagh a' toirt cead dhuinn.

AN COIRNEAL.

Am bheil do choguis?

AN CAIPTEIN.

B'fhearr gu'n cumadh sibh smachd oirbh fein, athair.

AN COIRNEAL.

Ni mi sin. Agus thoir so fainear. Tha mi 'n aghaidh nan innleachd shuarach so, a chum duine bochd a mhilleadh 's a bhristeadh.

CAIPTEIN.

Gabhaibh mo lethsgeul. Tha mi falbh a dh'fhaicinn Stockman.

AN COIRNEAL.

A Thearlaich! A Thearlaich! Smaointich gu de 'tha thu 'deanamh. De theireadh do leannan na 'n cluinneadh i so?

AN CAIPTEIN.

Alice? Gu de 'n turus a th'aice-sa ris a' ghnothuch? Bithibh cho math 's gu'm fàg sibh nithean pearsanta far am bu chòir dhoibh a bhi.

AN COIRNEAL.

Ach, a Thearlaich—

AN CAIPTEIN.

'S fheudar dhomh falbh. Tha Stockman a' feitheamh orm.

AN COIRNEAL.

'S e tha thu 'ciallachadh nach éisd thu rium.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

Briathran soilleir, a rithist, athair!

AN COIRNEAL.

Seadh!

AN CAIPTEIN.

So mo fhreagairt—“Chan eisd.”

(*Tha e 'dol am mach agus tha MACPHEADRAIN a' siabadh as a dheigh.*)

AN COIRNEAL.

(*A' dol a dh-ionnsuidh an doruis chùil agus a' gairm gu h-ard-ghuthach.*)

A Mhrs. Galletly!

MRS. G.

(*Astar beag air falbh.*)

Seadh !

AN COIRNEAL.

Am bheil Aonghas mu 'n cuairt?

MRS. G.

Tha.

AN COIRNEAL.

Abraibh ris gu 'm bu mhath leam bruidhinn ris.

MRS. G.

Ni mi sin.

AONGHAS.

(*A' tighinn a stigh.*) Tha 'n Coirneal 'gam iarraidh.

AN COIRNEAL.

Tha, Aonghais. Ciamar tha 'n lurgann?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Tha i gu ro-mhath a nis, le'r cead. Tha mi 'n dochas gu bheil an Coirneal gu math.

AN COIRNEAL.

Tha—taing dhuit—glé mhath—chuala mi—a—bho MacPheadrain, gu bheil thu—a—ann an eigin bhig—a—a thaobh airgid—Aonghais—agus—a—bu mhath leam—a—cuideachadh beag a dheanamh, mur—a—gabh thu gu h-olc e.

AONGHAS.

(*Gu diuide.*) O chan eil mi ann an eigin idir. Ach tha sibhse ro-choibhneil, a Choirneil—ro-choibhneil (*a' fàs feargach.*) Cha robh còir sam bith aig MacPheadrain bruidhinn ri daoin' eile mu na cùisean agamsa.

AN COIRNEAL.

(*Gu ciùin.*) A nis Aonghais—So mar a tha. Bu mhath leam doigh fhaotainn air beagan cosnaidh a thoirt duit, agus an cothrom air beagan airgid a dheanamh air do shocair fhein.

AONGHAS.

Tha 'n Coirneal fior choibhneil—Ach le 'r cead chan eil mi 'g iarraidh déirce.

AN COIRNEAL.

Co tha bruidhinn mu dhéirce? Tha na coineanan a 'fàs ro-lionmhor, 's tha bealaichean am feum an càradh. Sin agad e, Aonghais, na bealaichean!—Shuas aig na Creagan Glasa, os cionn na croit agad. Tha 'n gàradh crich làn bhealach an taobh sin, nach eil?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

'S ann agam tha fhios !

AN COIRNEAL.

Càraich iad, Aonghais, 's na dean dàil. Bithidh na féidh a' tighinn a stigh ort, tha eagal orm.

AONGHAS.

Tha iad sin ! 'S ma tha cead a' Choirneil agam, cha bhi mise fada a càradh nam bealach.

AN COIRNEAL.

Mo làn chead, agus cho luath 's a bhios an obair deanta cuir do chunntas thugam.

AONGHAS.

Moran taing dhuibh, a Choirneil.

AN COIRNEAL.

Fuirich mionaid. A sheulachadh a' chumhnaint feumaидh mi beagan a thoirt duit roimh laimh. (*A' sealltuinn 'na leabhar pòca.*) Mo dhonadh air ! Shaoil mi gu 'n robh cuig notaichean agam an so.

AONGHAS.

Chan eil feum sam bith agam air paidheadh roimh laimh.

AN COIRNEAL.

Feumadh tu 'ghabhail, Aonghais—Tha fhios gu math gu 'n d'rinn na féidh milleadh gu leoир feadh na croit agad, agus feumar an calldachd a dheanamh suas duit.

AONGHAS.

Na abraibh an còrr—ach, air a shon sin deth—'s iad na meirlich mhóra—na féidh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

(*A' cagar 'na chluais.*) Thoir leat agh as an fhrìth an dràsd 's a rithist. Cha bhi ionndrain oirre—ach na teirig ann ro thric—foghnaidh cuimse.

(*Tha AONGHAS a' deanamh snodha gàire.*)

A reubaire ! Tha mi 'n duil gu robh thu 'nan càraibh mar tha.

AONGHAS.

Tha 'chùis car cruaidh air duine bochd.

AN COIRNEAL.

Nach d'thubhairt mi? ('*Ga bhrodadh 's a' chliathaich le aighear.*) Cuist ! So an Caiptein air tilleadh cheana. Na abair diog !

AN CAIPTEIN.

(*Aig an dorus mhór.*) Tha sinn a' falbh, athair. An tig sibh comhla rinn ? Tha Stockman a' tilleadh do Thòrlochan. Tha carbad an tigh osda a' tighinn a nuas air a thòir. Tha beachd agaibh gu bheil aige ri dol mu dheas am maireach (*a' tionndadh gu dol am mach.*)

AN COIRNEAL.

O—a—seadh—stad tiota, a Thearlaich. Feumaidh mi Mrs. Galletly fhaicinn mu 'm falbh mi.—Tha rudan beaga agam ri chur ceart. An toir thu dhomh iasad—cuig notaichean?

AN CAIPTEIN.

Am foghainn cuig? (*A' toirt am mach a leabhar pòca, litir a' tuiteam ás.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

Foghnaidh cuig.

(*Tha 'n CAIPTEIN a' toirt an airgid do'n CHOIRNEAL, agus a' cromadh a thogail na litreach. Tha 'n COIRNEAL a' crathadh nan notaichean air a chùlaobh, 's a toirt rabhaidh do dh' AONGHAS e 'gan gabhail. Tha 'n COIRNEAL agus an CAIPTEIN a' dol am mach troimh'n dorus mhór.*)

*Tha AONGHAS a' sealltuinn air an airgiod le ioghnadh—'ga chur 'na phòca—a' tachas a chinn mar nach b'urrainn da gnothuichean a thuigsinn, a' lasadh na pìoba air a shocair.)*

### MRS. G.

(*A' tighinn a stigh an dorus ciùil, agus BEAN DHONNACHAIDH CROITEAR comhla rithe.*)

Thig a stigh, a bhean, thig a stigh. Gheibh mise MacPheadrain dhuit.

(*Tha MRS. GALLETLY 'dol am mach an dorus mór.*)

### BEAN DHONNACHAIDH.

Tha latha math ann, Aonghais.

### AONGHAS.

Tha sin ann, a Bhean Dhonnachaidh. Air mo shon fhein dheth, saoilidh mi gur h-e so latha cho math 's a b'urrainn a bhi—(*a' tachas a chinn.*) An robh e 'nad bheachd tiodhlac cuig notaichean a thoirt domh?

### BEAN DH.

(*A' gabhail iongantais.*) Cuig Notaichean! Muire ! Aonghais, 's mise nach robh !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Tha fhios nach robh ! Cha robh mi ach a' farraid.

(*Tha MACPHEADRAIN a' tighinn a stigh an dorus mór  
Tha BEAN DHONNACHAIDH a' toirt a mach sporain agus a'  
toirt airgid as. Tha MACPHEADRAIN a' sealltuinn thairis  
air a leabhar cunntais.*)

BEAN DH.

Tri tasdain fhichead, a Mhr MacPheadrain.

MACPH.

Bha fiughair agam ri tri deug thar fhichead, a Bhean Dhonnachaидh. Tha thu mall—motha 's mall—(*a' sgriobhadh anns an leabhar.*) Agus ciamar tha do bhrathair shuas an Sùnapol.

BEAN DH.

Tha e gu mór na 's fhearr.

MACPH.

An ath uair a chi thu e, innis da gu 'n robh mise 'ga  
fharraid.

BEAN DH.

Ni mise sin.—Agus mòran taing dhuibh, a Mhr.  
MacPheadrain. Sibh fhein an duine coibhneil.

MACPH.

Seadh ! Agus abair ri d'bhrathair gu robh mi farraid mu  
shlàinte an aighe mu dheireadh a reic mi ris.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

BEAN DH.

Ni mi sin cuideachd. Ach gu de 'chuir gu bheil sibh a' farraid slàinte mairt. 'S gun sibh urrad 's 'gam fharraid fhein?

MACPH.

Tha mi, direach, a' tighinn thuige sin, a Bhean Dhonnachaидh. Bha mi 'farraid slàinte mhait a chionn nach d'fhuair mi fhathast paidheadh air a son. Tha toil agam faotainn a mach co dhiubh rachadh aice air coiseachd dhachaидh thugam.

BEAN DH.

(*Gu dubhach.*) An ann mar so a tha?

MACPH.

'S ann direach ! Feuch gu'n innis thu dha mar a thubhairt mi. Agus a nis do d' thaobh fhein. Tha mi 'faicinn gu bheil thu gu math. Thoir an aire mhath dhuit fhein, a bhean Dhonnachaидh. Chan eil na daoine matha ach tearc.—glé thearc.

BEAN DH.

(*Gu togarrach.*) Taing dhuibhse a Mhr. 'ic Pheadrain. Latha math leibh, le 'r cead. Latha math leat, Aonghais !

MACPH. agus AONGHAS.

Latha math leat, a Bhean Dhonnachaидh.

AONGHAS.

(*Ag éirigh 's a' sineadh nan cuig notaichean agus an leabhar cunntais do MHAC PHEADRAIN.*) An toir sibh so far a' chunntais agam?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MACPH.

(*A' tarruing ospaig.*) O ! Seadh—direach sin !

(*Tha e 'sgriobhadh 's an leabhar, a' cur stamp ann, 's a' sgriobhadh ainm—'s 'ga shìneadh air ais do AONGHAS. Tha AONGHAS a' tilleadh air a shocair gu taobh an teine, agus an deidh dha a phìob a lasadh a' suidhe sios a rithist.*)

STOCKMAN.

(*A' tighinn a stigh an dorus mó.*) A Mhic Pheadrain ! Tha 'n Caiptein ag iarraidh facial comhraidd ribh, mu 'm falbh e. Tha e air dol do 'n chlobhsa—(*a' comharrachadh an doruis chùil.*)

(*Tha MACPHEADRAIN a' dol am mach.*)

AONGHAS.

Chan eil sibh a tilleadh comhla rinn do 'n Tigh Mhór, am bheil ?

STOCKMAN.

Chan eil. Tha 'n carbad a' tighinn á Tòrlochan gu'm iarraidh. Chaidh an goireas-turuis agam air thoiseach orm 's a' mhaduinn an diugh.

AONGHAS.

Agus an do shoirbhich leibh an diugh 's an fhrìth ?

STOCKMAN.

Chan fhaigheamaid mar astar dhoibh. Cha do loisg an Caiptein no mi fhìn urchar fad an latha—ach, Aonghais, innis so dhomh—an d' rinn thu fhein dad riamh air sealg an fhéidh ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

(*A' clisgeadh.*) Och—nuair a bha mi na b'òige 'na tha mi, bhithinn bitheanta a' frithearachd comhla ris na h-uaislean.

STOCKMAN.

Chan ann a' farraid mu fhrìtheachd a tha mi. An do mharbh thu riamh damh donn le do ghunna fhéin?

AONGHAS.

(*A' gabhail air a bhi fo uamhas.*) An e mise? Gu marbhainn-sa fiadh! Nach math a tha fios aig Mr Stockman nach eil sin ceadaichte ach do na h-uaislean?

STOCKMAN.

(*A' cur a laimh air gualainn AONGHAIS.*) 'S tu fhein an gille seòlta, Aonghais. Eisd rium. Tha agam ri tilleadh mu dheas am maireach, agus bha mi cho amaideach 's gu'n do sgriobh mi dhachaidh, a' toirt cunntais briathrachail air na laithean sona a bh' agam a' sealg an fhéidh, a bharrachd air a bhi rannsachadh am mach mu 'n "Haematite." Agus a nis, bithidh fiughair aice gu'n toir mi leam dhachaidh comharraighean an t-seilg. Am bheil thu 'tuigsinn?

AONGHAS.

Agus co Ise?

STOCKMAN.

A' bhean agam, mo chéile pòsda. Chan fhios domhsa ciamar a bheir mi m' aghaidh oirre, gun dearbhadh faicsineach air mo sgil air feadh nam fiadh.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Chan eil mi 'gur tuigsinn.

STOCKMAN.

'S cinnteach nach eil. Chan eil thu feuchainn ris, mo ghille tèoma. Bho 'n a dh' fheumas mi 'n tarrang a bhualadh air a ceann—gu de ghabhadh tu airson ceann daimh chròcaich, a dh' fheudas mi 'thàthadh ris a bhalla taobh a stigh an doruis agam? Am bheil thu 'nis a' tuigsinn?

AONGHAS.

(*Gu mall.*)—Tha mi 'tuigsinn—ceann cròcach—Seadh, dìreach!

STOCKMAN.

Tha thu aige mu dheireadh thall! (*A' toirt cairteig as a phòca agus a sgriobhadh.*) Seall tu so. Sin agad ainm fir 's an Oban a bhios a' deanamh suas eun, is cinn fhiadh 's a leithid sin. Faigh thusa dhomhsa ceann daimh 's cur 'ga ionnsuidh e. Cuiridh esan air doigh dhomh e, 's cuiridh e air aghaidh thugam e, do Lunnainn.

AONGHAS.

(*A' breithneachadh.*) Aig uairean, bithear a' faotainn damh marbh 's an fhrith.

STOCKMAN.

(*Gu dearbhte.*) Ach gu dearbh bithear! Glé mharbh. (*a' toirt leabhair phòca air lom agus a' cunntas am mach cuig notaichean.*) So dhuit, Aonghais! Faigh thusa dhomhsa ceann math, cho math 's a ghabhas faotainn—fear rioghail ma ghabhas e 'faotainn—ach chan ann á frith a' Chaiptein. Cha bhiodh sin iomchuidh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Agus tha dùil agaibh falbh le bàta na maidne.

STOCKMAN.

Sin beachd a th' agam.

AONGHAS.

Stadaibh tiota (*Tha e' fosgladh dorus an t-seomair bhig, agus a' tighinn am mach le sac air a dhathadh le fuil. Tha e' fosgladh an t-saic agus tha STOCKMAN a' sealltuinn gu de th' ann. Tha e' faicinn cròicean daimh.*)

Damh móir breagha, le 'r cead ! Thainig e fa chomhair an doruis agam an raoir agus thuit e as a sheasamh ! Ciamar a fhreagarras e oirbh ? Faodaidh sibh a thoirt leibh 's a charbad an nochd fhein. Suainidh mise gu math sac no dha m' a thiomchioll, 's bithidh e furasda gu leoир dhuibh fhein taghal air fear an Obain 's an dol seachad.

STOCKMAN.

(*Le toileachadh*). 'S tu fhein mo laochan, a sheann spùineadair ! So dhuit (*a' cur nan notaichean ann an laimh AONGHAIS*). Gabh aige gu math 's cuir anns a' charbad e cho luath 's a thig e. Ceann eireachdail !

AONGHAS.

Chan eil e gu dona. Tha 'm barrachd is iarunn ann am Beinn nan Creach creideadh sibhse mise ! An aithne do Mhr. Stockman an seann phort gasda so "S leam fhìn an Gleann."

STOCKMAN.

Chan aithne, O ! a dheagh fhiosaire ! Ach 's math a tha do sheanachas a' tighinn rium. Gabh aig a' cheann gu math, a bhalaich !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

(*Tha STOCKMAN a' deanamh air an dorus mhór, agus tha AONGHAS a' dol air thoiseach air leis an t-sac. Tha MRS. GALLETTLY agus MACPHEADRAIN a 'tighinn a stigh an dorus cùil.*)

STOCKMAN.

An d' thainig an carbad agam fhathast a Mhrs. Galletly?

MRS. G.

Tha e direach air tighinn.

STOCKMAN.

Beannachd leibh matà, a Mhrs. Galletly. (*ri MACPHEADRAIN.*) 'S mo bheannachd le Pharaoh, righ na h-Eiphit. (*A' dol am mach an dorus mór.*)

MRS. G.

Beannachd leibhse !

(*MACPHEADRAIN 's a shuilean 'na cheann a' sealltuinn as a dheidh.*)

MACPH.

(*A' trusadh a chuid phaipearan far an dreasair.*) Feumaidh mise 'bhi falbh cuideachd.

MRS. G.

Cha bhi ionndrainn an so air a h-aon agaibh. Chan eil fhios 'am c'uin a chunna mi leithid de latha.

AONGHAS.

(*A' tighinn a stigh an dorus mór le cabhaig, a' toirt a leabhair chunntais as a phòca, a' deanamh direach air MACPHEADRAIN agus a' sineadh nan cuig notaichean dha, a fhuair e bho STOCKMAN.*) Am bi sibh cho math agus cuig notaichean eile 'thoirt far a' chunntais ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MACPH.

(*A shuilean 'na cheann.*) An ann ri feala-dha a tha thu, 'Aonghais?—a 'toirt orm stamp an deigh stamp a chosg! C'arson nach d'thug thu 'n t-iomlan dhomh aig an aon àm agus dh'fhoghnadh aon stamp?

AONGHAS.

(*A' tachas a chinn.*) Matà, chan eil fhios agamsa. Cha mhise tha ris a so idir. 'S i mo bharail gu bheil am Freasdal anns a' ghnothuch so—

MRS. G.

(*Gu cràbhach.*) Cha ghabhainn iongantas. An Cumhachd as Airde—gun teagamh sam bith.

MACPH.

(*A' tathadh an stamp gu feargach.*) Sin an treas stamp an diugh air an aon chunntas. Am bheil thu 'smaointeachadh gur a mi 'm "Post Office"?

AONGHAS.

Chan eil, chan eil, a Mhr. MacPheadrain. Tha sibhse mar a tha sibh, 's mar tha mi creidsinn a bhitheas sibh, agus fòghnaidh sin.

MACPH.

(*Gu feargach.*) Tach! Dùin thusa do bheul mi-mhodhail, mo ghille gasda. Diolaidh tu air a shon so. Dean thus' air do shocair.

(*Tha e 'cruinneachadh a chuid phairean agus a' stailceadh am mach an dorus cùil gu feargach.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MRS. G.

Duine neònach.

AONGHAS.

“Neònach” an d’thubhairt sibh? ‘Sann ’s a cheann agamsa tha ’n neònachas leis ’na thachair dhomhsa an diugh fhéin.

MRS. G.

Gu de ’m breisleach a th’ air tighinn ort a nis? Cha d’thug mise fainear dad as an rathad a’ tachairt.

AONGHAS.

Nach d’thug a nis? Thugaibh sùil am muigh a dh’fheuch am faic sibh cuid-eiginn a nuas an rathad agus cuig notaichean ’n a laimh, agus a’ farraid AONGHAIS as a’ Choille Mhóir.

IAIN.

(*A’ tighinn a stigh an dorus ciuil*). Tha MacPheadrain air falbh—agus dhi-chuimhnich e cinn nam muc.

MRS. G.

Na biodh càram ortsa. Chuir Aonghas air dòigh dha iad, o chionn uair an uaireadair.

AONGHAS.

Tha sin ceart. Chuir mi ’n t-ultach ’na charbad gun teagamh.

IAIN.

(*A’ suidhe sios agus a’ lasadh na pioba*). Bha mi ’n dùil gu ’n d’fhalbh thu dhachaidh fo chionn ghreis, ’Aonghais.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Is i sin beachd a bh'agam. Ach 's iomadh rud neonach a th' ann. Tha seòrsa de dh'fhaireachdainn agam gu bheil fortan a 'tighinn orm.

IAIN.

A leòbhra ! Tha 'cheart fhaireachdainn agam fhìn, agus Beinn Mhór làn airgid a' seasamh os mo chionn fad an latha.

AONGHAS.

Och, cha buannachd sin duinn, ma mhillear Eilean Arois.

IAIN.

De 'm milleadh a bhios ann ?

AONGHAS.

Bithidh milleadh gu leoir. Am faca sibh Glaschu riamh.

IAIN.

(*Le mór thogair.*) 'S mi chunnaic ! B'e sud an t-àite.

AONGHAS.

(*A' tilgeadh smugaid anns an teine.*) Cha d'thugainn sud air Glaschu.

MRS. G.

Co dhiubh chithear rud-eiginn an Glaschu. Ann an so chan fhaic thu dad ach a' ghealach.

AONGHAS.

Tha sin fior, ach c'aite 's na bailtean móra am faighear sluagh cho riaraichte 'sa gheibhear ann an Eilean Arois.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

IAIN.

Direach sin ! Tha iad math air cadal 's na h-àiteachan so.

AONGHAS.

B'fhearr do mhuinntir nan aodann dubha air Cluaidh, na'n caidleadh iad barrachd, 's na'n deanadh iad na bu lugha de chabhag a' ruith a null 's a nall fad an latha, mar gu 'm biodh iad air bhàinidh.

IAIN.

Cha ghabhainn iongantas.

AONGHAS.

Agus b'fhearr dhuinn fhìn gu 'n do ghleidh sinn na seann chleachduidhean Gaidhealach 's na h-aiteachan so. Bho chionn tri fishead bliadhna, cha robh móran airgid ann, ach bha daoine ann, 's bha sonas ann. 'S minic a thuirt m' athair sin rium.

MRS. G.

Seadh—sluagh is bochdainne, is cìsean bhochd, gun teagamh sam bith.

AONGHAS.

Cha robh—bochdainn no cìsean. Bha biadh ann, 's bha crodh is caoraich ann. Cha robh feum air airgiod. Bha 'm bathar o laimh gu laimh, 's bha 'n sluagh gu sona, riaraichte.

IAIN.

Seadh, Aonghais ! Tha da sheòl air gach sgeul. Ach a' bhean, tha 'n t-àm sùil a thoirt air an spréidh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

(*Tha iad a' dol am mach an dorus mór. Tha AONGHAS a' sràideamachd feadh an tighe mar gu'm biodh e ann an ioma-chomhairle. Tha e 'lasadh na pìoba air a shocair, a' toirt an leabhair cunntais as a phòca agus 'g a leughadh le tlachd, a' tionndadh nan duileag.*)

A h-aon ar fhichead—ochd deug 's a deich—Seadh ! Seadh ! Tri deug 's a deich—ochd 's a deich—och—tha cùisean a' dol gu math.

(*Tha e 'g a shìneadh fhéin gu sòlasach 's a' chathair mhòir.*)

MRS. G.

(*A' tighinn a stigh an dorus mór le cabhaig.*)

Gu de air domhan so a rinn thu, a chreutair thubaisdich ?

AONGHAS.

Dé nis 'tha cearr ?

MRS. G.

Tha 'n Coirneal 's an Caiptein 's MacPheadrain air tilleadh, 's a' cur dhiubh ri Iain am mach an sin, mar gu 'm biodh iad air a' chuthach. Gu dé rinn thu le cinn nam muc ?

AONGHAS.

Agus nach d'fhalbh an Coirneal 's an Caiptein leo fhein. Cionnus a thainig MacPheadrain gu bhi 'nan cuideachd ?

MRS. G.

Och, dé ach gu 'n d'rug MacPheadrain orra a' coiseachd agus thug e cuireadh dhaibh tighinn a stigh do 'n charbad comhla ris. Agus 'nuair a chaidh an Caiptein a stigh,

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

bhrodadh a lurgann le cròic féidh a bha stobadh am mach á sac fo 'n àite shuidhe. 'S chan eil sgeul air cinn nam muc. Tha iad a nis a' cur as leth Iain gu 'm b' esan a spùin an damh.

AONGHAS.

(*Gu dubhach.*) Och ! Och ! An do chuir mi ceann an daimh anns a' charbad chearr? Nach b'e carbad nan roithean deurga carbad Stockman ?

MRS. G.

Amadain ! B'e sin carbad MhicPheadrain. Agus chuir thu cinn nam muc ann an carbad Stockman—tiodhlac uam fhìn gu MacPheadrain—'s cha b'ann do 'n bhaothaire Shasunnach ud.

AONGHAS.

(*A' gaireachduinn gu cridheil.*) Och ! Och !

MRS. G.

An do chaill thu do mhothachadh ?

AONGHAS.

'S mi nach do chaill, ach tha mi smaointeachadh gu dé their fear nan eun 's an Oban nuair a chi e cinn mhuc !

MRS. G.

Chan eil mi 'tuigsinn dé 'n fhaoineas a th' agad a nis. Ach bidh sgeul eil agad 'nuair a gheibh an Caiptein greim ort. Tha e air a' chuthach dhearg.

(*An COIRNEAL, an CAIPTEIN agus MACPHEADRAIN a' tighinn a stigh, iad fhein is IAIN a' connsachadh am measg a cheile.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

An aithne dhuibhse dad mu 'n chùis so, a Mhrs. Galletly? Feumar faotainn gu bun a ghnothuich. Co a chuir ceann an daimh 's a' charbad?

AONGHAS.

(*A' toirt ceum g' a choinneachadh.*) Le'r cead, a Chaiptein —chuir mise.

AN CAIPTEIN.

Ho! Tha thu againn mu dheireadh. Agus c'ait an d'fhuair thus' e?

AONGHAS.

Fhuair mi 'n damh marbh air a' chroit agam fhìn.

AN CAIPTEIN.

Muire, fhuair! 'S mharbh thus e, mu 'n d'fhuair thu e.

AONGHAS.

Rinn mi sin.

AN CAIPTEIN.

Am bheil sibh a' cluinntinn sin, athair? 'Ic-Pheadrain, an cual thu e? Tha fhios agaibh, athair na tha so a' ciallachadh.

AONGHAS.

'S aithne do 'n Choirneal gu math na tha e 'ciallachadh. Tha cead agam o'n Choirneal fiadh a mharbhadh an dràsd 's a rithist, a chum mo chuid barra a dhòn, cho fad 's a tha na bealaichean aig a' Choille Mhóir gun an càradh.

AN COIRNEAL.

Ach—(*chan urrainn da facial tuilleadh a radh leis a ghàireachduinn.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

(*Le iongantas.*) Athair—am bheil so fior?

AN COIRNEAL.

Fior gu leoir—Thug mise cead do dh' Aonghas—

AN CAIPTEIN.

(*Gu feargach.*) C'uin' a thig stad air a so? Nuair a bheir mise ordugh seachad, bheir sibhse te a' dol direach 'na h-aghaidh. Gu de 'm math a bh'ann an oighreachd a liubhairt domhsa, ma tha sibhse—

AN COIRNEAL.

Bruidhnidh sinn uime sin an déidh laimh, a Thearlaich—

AN CAIPTEIN.

O seadh. An deidh laimh—an seann sgeul!

(*Tha 'n COIRNEAL agus IAIN a' dol am mach an dorus mór.*)

MACPH.

Ach, c'ait am bheil cinn nam muc?

AN CAIPTEIN.

Seadh gu dearbh—gadachd eile!

AONGHAS.

Chan eil ni agam r' a radh mu 'n mhuic-fheoil. Ach tha so agam r' a radh. Fhuair mi 'n deagh phrìs an diugh 's an t-seomar so fhein airson ceann an daimh, agus air a thàillibh sin thugadh cuig notaichean thar a chunntais agaibhse a Mhr. MacPheadrain. (*A' toirt an leabhair cunntais air lom, 's 'g a shineadh do 'n CHAIPTEIN.*) Chi sibh ainm Mhr. Mhic Pheadrain ann an sin.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

(*A' sealltuinn anns an leabhar.*) A Mhic Pheadrain—leig a mach mi, mu 'n tachd mi. A Mhic Pheadrain!

(*Tha e 'dol am mach an dorus mór.* MACPHEADRAIN, *balbh le iognadh a' fuireach air deireadh.*)

AONGHAS.

(*A' sealltuinn 'san leabhar 's gun a bhi 'toirt an aire gu 'n deach an CAIPTEIN am mach.*) Chan eil sibh 'gam thuigsinn, a Chaiptein. Chan eil MacPheadrain ri a choireachadh idir—idir—chan eil mi ach ag radh—

(*Ach tha 'n CAIPTEIN air falbh, agus tha AONGHAS a' sealltuinn suas.* Tha MACPHEADRAIN ag amharc air gu dioghaltach.)

MACPH.

(*A' call a chèill le feirg*)—Aonghais Mhic Fhionghainn—tha thu olc—olc!

AONGHAS.

(*Gu duineil.*) Olc, am bheil? Ma tha, tha sinn ann dithis. Mar a thuirt am fear a bh'aig réis nam bàtaichean, “ma tha deifir sam bith eadarainn, tha sinn coltach ri 'cheile”—

MACPH.

Cluinn thusa mise, 'Aonghais Mhic Fhionghainn, dìolaidh tusa air a shon so. Gabh beachd air m' fhacal.

(*A' deanamh air an dorus mhór, agus a' maoidheadh a dhuirn ri AONGHAS.*)

AONGHAS.

A Mhr. Mhic Pheadrain !

'S LEAM FHN AN GLEANN

MACPH.

(*A' tilleadh*)—Seadh !

AONGHAS.

(*A suathadh a lamhan ag aithris air MacPHEADRAIN fhein.*)  
Thugaibh an aire dhuibh fhein. Chan eil na daoine matha  
ach tearc.

TUITIDH AN CUIRTEIN.

### EARRANN III.

DEALBH.—*Seòmar comhnuidh na croite aig a' Choille Mhòir.*  
Tha seachduin air dol seachad. Dorus agus e fosgailte  
ann am meadhon a' bhalla chìuil. Tha 'n gleann 's na  
monaidhean ri 'm faicinn troimh'n dorus—a' ghrian a'  
dearrsadh orra. Rollachan de chòrd iaruinn ri taic an  
dorus—uinneag air gach taobh de 'n dorus.—Piob mhór  
air sgeilp iosal na h-uinneige air an laimh chli—cuibheal  
shniomha fo 'n uinneig air an laimh dheis—air an taobh  
chli na 's fhaide sios—an dreasar agus soithichean  
air.—Aon dealbh air a' bhalla air an laimh dheis, agus  
tairngean, earasaid agus còtaichean an crochadh riu—dorus  
anns a' bhalla air an taobh chli, 's na 's fhaid air  
aghaidh—àite teine—greideal an crochadh os cionn teine  
mòna—cliabh mòna agus dà chathair dlùth do 'n aite theine—  
Bòrd am meadhon an urlair, agus goireasan fuinidh air—  
Cathair aig gach ceann de 'n bhòrd. MORAG a' fuineadh,  
's a' gluasad air a h-ais 's air a h-aghaidh eadar a' ghreideil  
's am bòrd—AONGHAS 'na shuidhe aig an teine a'  
rannsachadh an leabhair cunntais.

### MORAG.

C'arson a tha sibh a' sealltuinn anns an leabhar sin cho  
tric, athair?

### AONGHAS.

Bha mi 'n dùil gu 'm faca mi fear air taobh Thòrlochain  
de 'n mhonadh ud thall. Dh'fhaodadh e bhi 'tighinn an  
taobh so.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MORAG.

'S gu dé ged a thigeadh?

AONGHAS.

Tha rudan gu math neònach a' tachairt 's na laithean a th'ann. Dh'fhaodte gu 'm biodh not no dha aige dhomh. 'S mur a tig cobhar eadar so 's ceann thri laithean, bidh mise 'nam dhuine briste.

MORAG.

Sibh fhein 's 'ur bristeadh! Theirigibh a dh'ionnsuidh a Choirneil agus bheir e dhuibh paidheadh roimh laimh airson na h-obrach a tha sibh a' deanamh air gàradh crich na Frìthe, agus faodaidh sibh taghal air MacPheadrain air an rathad dhachaидh, agus a phaidheadh.

AONGHAS.

Dh'fhaotainn sin a dheanamh. Ach ni mi moille bheag, feuch an tachair rud eiginn neònach eile dhomh an toiseach. Bheir mi 'n gàradh crìch orm an drasda, co dhuibh—

(*A' togail rolladh de 'n chòrd iarunn.*)

'S ma thig duine 'n rathad, glaodh a stigh mi.

MORAG.

An glaodh mi sibh co dhiubh is Righ no déircein a thig?

AONGHAS.

Glaodh thusa 'stigh mi g'e b 'e co bhios ann.

(*Tha e 'dol am mach 's a tionndadh ris an laimh chlì.*)

(*Tha MORAG a' dol air a h-aghaidh leis an fhuineadh, a' gabhail orain Ghaidhlig rithe fhein. Tha MURCHADH MACAOIDH a' dol seachad air na uinneig agus a' stad aig an dorus 's a' coimhead a 'stigh.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MORAG.

O ! An tua th'ann ? An d'thainig thu rathad an t-sleibhe ?

MURCHADH.

Rinn mi sin. Tha latha traosg aca 'n diugh 'an Tòrlochan , 's tha mo chead fhein agam. Ach c'arson a tha thu' feoraich mu rathad an t-sleibhe ? Gu de 'n rathad eile 'thiginn ?

MORAG.

Chan eil e gu deifir. Cha robh mi ach a' smaointeachadh gu 'n do dhi-chuimhnich thu 'n rathad an taobh so.

MURCHADH.

A nis a Mhórag—

MORAG.

Beagan na 's lugha de "Mhórag," ma 's e do thoil e !

MURCHADH.

Gu de 's ciall da so ?

MORAG.

Tha ciall gu leoir dhaibhsan a tha toileach fàsach a dheanamh ann an Eilean Arois, le 'm mèineachan iaruinn 's le 'n obraighean.

MURCHADH.

Och ! Na mèineachan iaruinn !—Na mèineachan iaruinn ! Am bheil fo na speuran gorma ach mèineachan iaruinn ?

MORAG.

Am bheil thu air tighinn thuige so mu dheireadh ?

MURCHADH.

'S gu de 'm facal a dh 'fhaodas mi radh, nach cuir fearg ort, a Mhórag ?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MORAG.

Chan eil fearg orm ri facail. Ach tha fearg orm riutsa agus ri d' sheorsa—a tha feuchainn ri m' athair a bhristeadh.

MURCHADH.

Gu de an ainm an Aigh a tha thu 'g radh? Chan eil mise feuchainn ri d' athair a bhristeadh.

MORAG.

Tha thu air taobh muinntir nam mèineachan iaruinn, nach eil? Agus d' eile 'tha iad a' deanamh ach 'ga bhristeadh, agus sin an ceann thri laithean cuideachd, los gu 'n teid ac' air fhuadach as a' chroit, a reir na-h-Achd.

MURCHADH.

Na dearbh shlaightearan! An e sin an innleachd?

MORAG.

Sin agad “aghartachadh” dhuit.

MURCHADH.

'S am bheil thu fhein a' saoilsinn gu 'n cuirinn m' aonta ri lethid de ghnìomh?

MORAG.

A Mhr. Mhic Aoidh—tha mi glé shuarach co dhiubh chuireadh 's nach cuireadh.

MURCHADH.

Och, tha thu trom orm, a luaidh! Agus, co dhiubh, chan eil an còrr suim agamsa mu na mèineachan iaruinn.

(*A' toirt litreach as a phòca.*)

Tha naidheachd as fhearr agam dhuit.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MORAG.

Gu dé nis?

MURCHADH.

(*A' fosgladh na litreach.*) Cluinn so. Chaochail Donnachadh brathair m' athair ann an Lochcarrann. Bha croit mhór mhath aige agus 's ann ormsa a tha i tighinn. Tha rathad iaruinn do Inbhirnis goireasach—agus gheibh mi doigh air leabhairchean is eolas. Agus—O—mo ghaol!

(*A sineadh a ghairdeanan.*)

MORAG.

(*Gu dubhach*). O—a Mhurchaidh, 'sam fàg thu Eilean Arois?

MURCHADH.

Fàgaidh, gun teagamh—ach chan fhàg, mur tig thu leam. (*A' sineadh a làmhan g' a h-ionnsuidh.*)

MORAG.

(*A' tighinn dlùth dha.*) 'S am bheil thu 'gam iarraidh, a Mhurchaidh?

MURCHADH.

'S mise tha sin a' cheist, 'gad iarraidh. (*'G a pògadh.*)

'S motha leam thu na uile bhailtean an taoibh deis, 's a h-uile mèin iaruinn air uachdar an t-saoghail—Agus co dhiubh cha bhi Inbhirnis cho fad air falbh.

MORAG.

Och, cha d' thugainn bonn-a-h-ochd air Inbhirnis. Cha bhi tìm agad airson faoineis de 'n t-seòrsa sin, aon uair 's gu 'm bi croit is bean agad dhuit fhein.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MURCHADH.

A nis, nach math a dh'fhaotainn leabhairchean gasda bhi agam gu bhi 'gan leughadh 's an oidhche fhada gheamhraidh —agus an aire thoirt air a' chroit aig a' cheart àm.

MORAG.

(*A' deanamh fochaid air le aighear.*)

'S iomadh ni iongantach a ni Murchadh.

MURCHADH.

Bha mi 'cluinntinn iomraidh air fear an Ard nam Murchan ann an tigh beag dubh—ag obair le "Typewriter"—agus a' deanamh litreachais airson nam paipearan naidheachd.

MORAG.

Mo bheannachd air an "Typewriter" ! Lochcarrann ! Dùthaich bhreagh, agus croitean matha ! Co dhiubh, bithidh sinn a' deanamhar dìchill ann, a laochain ! 'Sni sinn fortan la-eiginn.

MURCHADH.

Chan iarr mise 'n còrr fortain na thu fhein, a Mhórag.

MORAG.

Agus rathad iaruinn goireasach !

MURCHADH.

A nis, a nis——!

MORAG.

A dh'fhaotainn air falbh 'uapipe an drasd 's a rìthist !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MURCHADH.

O—nach cuist thu !

('G a pðgadh.)

(*Tha AONGHAS a' tighinn a stigh agus earrannan de chòrd iaruinn aige 'na laimh. Tha e 'g an cur sios.*)

AONGHAS.

'S gu dé tha 'n so ?

MURCHADH.

(*A ghruaidhean dearg—MORAG a' tilleadh ris an fhuineadh.*)

Tha latha math ann, Aonghais.

AONGHAS.

'S math an latha air an tòisich an sionnach air searmonachadh.

MORAG.

Och, athair a nis—chan eil Murchadh 'nur n-aghaidh idir, idir.

MURCHADH.

Gu dearbh fhein, chan eil, Aonghais. Tha mis' ullamh 's an cuid mèineachan tuilleadh.—Na slaintearan—'s b' iadsan sin a' feuchainn ri 'r bristeadh ! Agus tha mise 'dol a' ghabhail croit ghasda dhomh fhìn, 's tha mi nis ag iarraidh Móraig uaibh.

AONGHAS.

'S c'ait am faigh sgaogaire mar tha thusa, croit ?



## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MURCHADH.

Croit Dhonnachaидh brathair m' athar. Chaochail e Diluin so chaidh. Chan eil mi ach air tilleadh o 'n tiodhlacadh. 'S e An Fhaoilinn Mhór ainm an aite—ann an Lochcarrann.

AONGHAS.

Lochcarrann—ann an iomall an t-saoghal!

MORAG.

Athair !

AONGHAS.

'S am bheil thu 'dol g' am fhàgail, a Mhórag, ann an laithean mo shean aois?

MORAG.

Chan eil e ach astar latha ás a so, no theagamh a dha's a Gheamhradh.

AONGHAS.

Ceud mile, ma tha e ceum ! Och ! Och ! Cha leoir iad gum' bhristeadh 's mo dheagh chliù 'thoirt bhuan. Cha leoir a bhi 'call na croite air an d' rugadh mi— ach àilleagan mo chridhe a bhi 'gam fhàgail !

MORAG.

'Gur fàgail, athair ! Co tha bruidhinn air 'ur fàgail ? Theid sibh comhla ruinn do Lochcarrann. Nach teid a Mhurchaidh ?

MURCHADH.

Gu d' eile dheanadh e ? 'S i 'bheatha sin.

AONGHAS.

Och, Och ! Mise 'n diugh, mise 'n diugh !

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

MURCHADH.

Agus a' bruidhinn air 'ur deagh chliù, Aonghais, tha beagan agamsa ma seach, agus—

AONGHAS.

Seadh ! An e gur ann a' feuchainn ri Mórag a cheannach 'uam a tha thu. Chan eil do chuid airgid a dhìth orm.

MORAG.

Athair—bithibh cothromach.

AONGHAS.

Nach éisd thu rithe-se? Cothromach, ars ise! 'S am bheil e cothromach gu 'm fàgadh tu am aonar mi, ann an latha mo dhragra 's mo mhaslaidh ?

MURCHADH.

A nis, Aonghais—bithibh ciallach !

AONGHAS.

(*Ag eirigh.*) Och, tha mi 'falbh air ais a dh'ionnsuidh m'obrach. Chan eil an corr agam a nis. "Ciallach"—ars esan (*a' togail rolladh de chòrd iaruinn*)—agus mo chridhe an impis sgàineadh—Gleidh thusa do chuid airgid a Mhurchaidh—Tha mi bóideachadh a nis nach gabh mi airgiot gu bràth tuilleadh o dhuine sam bith, ach na choisneas mi le m' shaothair fhein.

MURCHADH.

Ach, Aonghais, chan eil mise 'g iarraidh oirbh—

AONGHAS.

Tha mi faicinn gu bheil an t-airgiot a gheibhear an nasgaidh, air a cheannach gu math daor aig ceann an latha.

## 'S LEAM F HIN AN GLEANN

Tha mi 'dol air m' ais a dh'ionnsuidh mo shaothrach.  
Bithidh mise aig an deoch am maireach, 's cha bhi de dheoch  
'an Tòrlochan na bhàthas am bròn a tha 'm chridhe-sa.

MURCHADH.

Ach, chan eil mise—

AONGHAS.

'G a ceannach buam ! Nach math a thubhairt mi, gur  
h-e 'n deagh latha an latha a thòisicheas an sionnach air  
searmonachadh ?

(*Tha e 'dol am mach. Tha MURCHADH is coltas dubhach  
air 'n a shuidhe aig an teine. Tha MORAG ag obair feadh  
an tighe. An ceann uine bhig tha i 'tighinn air a chulaobh  
's a 'cur a laimh air a ghualainn).*)

MORAG.

Cha ruig thu leas an gnothuch a ghabhail gu cridhe, a  
Mhurchaidh. 'S math is aithne dhomhs' a dhòighean.  
Fàg thus agams' e. Cuiridh mi fhìn air dòigh e.

MURCHADH.

Tha e sgaiteach gun taing—agus mise a' ciallachadh gu  
math.

MORAG.

Tha e coltach ris a h-uile fear eile—cho sgaogach ris na  
h-eoin. Seall tu fhein. Mèineachan iaruinn agus  
aghartachadh an diugh—Croit ann an Lochcarrann am  
maireach. Cuiridh Mórag a h-athair air doigh. Na biodh  
cùram ortsa.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

(*Bruidhinn dhaoine o 'n leth am muigh.*)

Dé 'tha so, a nis?

(*Tha 'n COIRNEAL 's an CAIPTEIN a' tighinn a stigh.*)

AN COIRNEAL.

Tha latha math ann, a Mhórag. C'ait am bheil d'athair?  
Ciamar tha thu 'Mhurchaidh?

MORAG.

Tha e 'g obair aig a' ghàradh chrière. Gheibh mi dhuibh  
e ann an tiota. Am bheil thu 'tighinn, a Mhurchaidh?

(*Tha iad a' dol a mach.*)

AN CAIPTEIN.

'S fhearr dhuibhse, athair, an comhradh a ghabhail os  
laimh. Theid e 'na shradagan ma bhruidhneas mise ris.

AN COIRNEAL.

Seadh, mata! Chan innis mi dha gu'n do dhiùlt  
MACPHEADRAIN an t-airgiod. Paidhidh mi e roimh laimh  
airson na h-obrach a tha e 'deanamh, agus bheir mi dha na  
dh'fhoghnas a phaidheadh an ainbhich so.

AN CAIPTEIN.

Tha dòchas agam ann an Ni Math gu'n gabh e uaibh e.  
Tha Aonghas seòlta 's chan eil fhios de ni e. Dh'fhaodte  
gu'n cual e fathunn. Cha bhi naidheachd fada'sgaoileadh  
's an àite so. Cuiridh mi geall gu'n cual e gu bheil na  
h-uaislean 's a' choimhearsnachd a sios orm.

AN COIRNEAL.

Agus nach eil e fior gu leoir gu bheil?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

(*A' coiseachd feadh an tighe gu mi-shuaimhneach.*)

Chan eil ach cuid dhiubh, agus chan uaislean iad. Tha daoin' ann—daoine suarach a th'air an séideadh suas le uabhar saibhris, nach iarr na 's fhearr na na h-ingnean aca a chur 's na seann teaghlaichean uasal. Tha dòchas agam ann an Ni Math nach cluinn Alice smid dheth so. Mo dhonadh air an iomlan. 'S ann a shaoileadh sibh gu 'm bu ni eucorach do dhuine a bhi 'toirt oidhirp air cosnaidhean ùra a dhealbh airson an t-sluaign.

AN COIRNEAL.

Chan ann air na cosnaidhean ùra 'tha iad a' gabhail orra bhi talach, a Thearlaich, ach air d'innleachdan gu bhi fuadach nan croitearan le bhi 'gam bristeadh. Thuirt mi riut o thoiseach gu robh thu 'deanamh mearachd.

AN CAIPTEIN.

Mo dhonadh air MacPheadrain ! Ciod thuige nach leigeadh e leinn cunntas Aonghais a phaidheadh ?

AN COIRNEAL.

Bheir sinn cothrom do Aonghas sin a dheanamh air a shon fhéin, 's theid stad an uair sin air an t-seanachas a tha dol.

AN CAIPTEIN.

Bha e trom gu leoir orm gu 'n do chuireadh grabadh 's a mhèin iaruinn gun an tuaileas so a bhi mu m' thimchioll.

AN COIRNEAL.

B'e 'n grabadh sin fhein an rud a b'fhearr a thachair riamh. No biodh càram ortsà, Thearlaich. Chan fhaod a bhi nach faighear doigh eile air do challdachd a leasachadh.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

Am bheil sibh a' saoilsinn?

COIRNEAL.

Nach eil fhios gu bheil? Tha 'n làn ám a bhatar a' tanachadh na coille sin shuas.

CAIPTEIN.

Gu dearbh tha.

AN COIRNEAL.

Agus ni eile! Bu chòir dhuinn a bhi planndachadh coille ùr feadh na h-oighreachd. Ma phòsas tu Alice bu mhath an obair dhuit sin a ghabhail os laimh.

CAIPTEIN.

Tha 'n fhirinn agaibh, an sin, athair.

AN COIRNEAL.

Smaointich thusa thairis air na tha mi 'g radh.

(AONGHAS a' tighinn a stigh agus coltas claoidhte air.)

AN COIRNEAL.

So Aonghas air tighinn. Tha latha breagh ann, Aonghais.

AONGHAS.

(Gu màlда.) Tha sin ann—le 'r cead.

AN COIRNEAL.

Am bheil thu gu math, Aonghais? Chunna mi coltas a b'fhearr ort.

AONGHAS.

(Gu dubhach.) Tha mi 'n dùil gu bheil mise cho math 's a bhitheas mi.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Ud ! Ud ! Aonghais, coma leat do mhisneach a chall ! Cha bhi sinn fada 'gad chur air dòigh. Tha naidheachd agam dhuit. Cha chluinn sinn an còrr mu mhèin iaruinn ann an Eilean Arois. Tha coltach gu 'n d'fhuaradh àit as freagarraiche ann an ceann air chor-eigin eile. 'S cha ghluaisear thusa ri d' bheo as a' Choille Mhoir—

AONGHAS.

(*Gun togar.*) Am bheil sibh ag radh ?

AN COIRNEAL.

Tha Tearlach 's mi fhìn a' bruidhinn air pàirt de 'n choille a ghearradh—na learagan mòra—is math is aithne dhuit fhein iad.

AONGHAS.

Seadh ! Seadh !

AN COIRNEAL.

Gheibh thu do leoир cosnaidh aig an obair sin, Aonghais, gun dearmad a dheanamh air obair na croite.

AONGHAS.

Tha fhios gu 'm faigheadh.

AN COIRNEAL.

A nis, Aonghais, mu thiomchioll a' bhristidh neo-laghach so, tha mi 'dol a thoirt duit paidheadh roimh laimh airson obair a' ghàraidh chriche, agus theid thusa agus paidheadh tu MacPheadrain—mu 'n ruith na tri laithean.

AONGHAS.

Tha 'n Coirneal ro-choibhneil.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

An dean fichead an gnothuch ?

(*A' toirt am mach a leabhair pòca.*)

AONGHAS.

(*Gu màlда.*) Chan eil mise 'g iarraidh ni 'sam bith.

AN COIRNEAL.

Chan eil an sin, 'Aonghais, ach cion a' mhothachaidh.  
Feumar an gnothuch so a chur ceart.

AONGHAS.

Cha ghabh mi sgillinn. Thug mi boidh an diugh fhein nach  
togainn airgiot tuilleadh gus an coisninn e.

AN CAIPTEIN.

An donadh ort, a dhuine ! Feumaidh tu 'ghabhail.  
Smaointich air an t-suidheachadh 's am bi mise, ma theid  
thusa' bhristeadh.

AONGHAS.

(*Gu feargach.*) Tha dhith orm a bhi air mo bhristeadh.  
B'fhearr dhuibh leigeil leam. B' fhearr gu robh mi marbh,  
's air falbh as an t-saoghal. Bhiodh a h-uile duine coma ged a  
bhitheadh. Tha mis' ullamh !

AN COIRNEAL.

Gu dé th' air tighinn ort, 'Aonghais—

AONGHAS.

Tha mise 'g innseadh dhuibh nach eil mi 'g iarraidh dad.  
tuilleadh anns an t-saoghal so ach an tigh osda 'thoirt orm.,  
agus òl gus nach bi mothachadh agam.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

'S ann gun mhothachadh a tha thu, mar tha, a' cleachdadadh a leithid de chainnt. Eisd so. Chaidh sinn far an robh MacPheadrain a phaidheadh d' ainbhich, los nach biodh tu air do bhristeadh, agus a chur stad air a' bhruidhinn a tha 'm measg an t-sluaigh 'nam aghaidh-sa—timchioll air a' chùis. 'S ann air mo sgàth fhein a tha mi 'gabhall a leithid de dhragh. Am bheil thu 'tuigsinn?

AONGHAS.

Tha mi sin.

AN CAIPTEIN.

Dhiùlt MacPheadrain an t-airgiod a ghabhall bhuanne. Tha coltach gu bheil gamhlas air choir-eiginn aige riut, agus tha 'dhìth air do bhristeadh. Bheil thu 'gam chluinntinn?

AONGHAS.

Tha mi 'gur cluinntinn gu math.

AN CAIPTEIN.

Chan fhaod MacPheadrain an t-airgiod a dhiùltadh uait fhein. Agus tha sinne 'toirt duit an airgid a chur grabadh 'na chuilbheartean. Tha mì-run air choir-eiginn aige riut.

AONGHAS.

Bha fear an so—

AN CAIPTEIN.

Marbhphaisg ort! An gabh thu 'n t-airgiod?

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

Bha fear an so an diugh cheana a' tairgsinn airgid dhomh airson an aobhair cheudna. Ach thuig mi gu robh ni-eigin a dhìth air bhuamsa a chionn mo chur fo chomain da. Agus tha mi 'n duil gu 'm bi rud eigin a dhìth oirbhse ma chuireas mi 'n comain oirbh dol a sios agus MacPheadrain a phàidheadh.

AN CAIPTEIN.

An ann gun chiall a tha thu? Chan eil sinne ag iarraidh dad ort. Comain! Nach eil thu 'faicinn gur h-ann a tha sinne 'cur comain orts'a, 'gad shaoradh o bhristeadh.

AONGHAS.

Och! Bu cho mhath dhomh a bhi briste 's a bhi seachad leis.

AN CAIPTEIN.

Tha 'n duine far a bheachd.

AONGHAS.

'S neonach leam fhìn gu 'n tigeadh an t-uachdaran agus a mhac gu croitear bochd, agus, ach beag, air an glùinibh a' cur impidh air airgiod a ghabhail uapa.

AN CAIPTEIN.

Glan ás a bheachd!

AN COIRNEAL.

Fàg againn fhìn sinn, a Thearlaich. Tha thusa tuilleadh is bras.

AN CAIPTEIN.

(*Le gruaim.*) Seadh, matà! 'S ann agam nach eil am farmad ribh. (*Tha e 'dol am mach.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

(*Gu ciuin.*) So mar 'tha 'chùis, Aonghais. Tha thusa 's mise glé eolach air a cheile.—Tha mi 'g iarraidh comhnaidh uait, agus cha chreid mi gu 'n diùlt thu mi. Tha monmhur de bhruidhinn a' dol mu 'n cuairt mu 'n Chaiptein—gu'n do ghabh e brath ort, agus gu bheil e 'feuchainn ri do bhristeadh, los gu faigh e a mach as a' chroit thu, agus gu 'm bi cead aige dol air aghaidh leis a' bheing uisce.

### AONGHAS.

'S ann ribh fhein a tha mi 'g a radh—ach is neo dhleasdanach am mac a th'agaibh.

### AN COIRNEAL.

(*Le snodhna gàire.*) Leigidh sinn sin seachad. 'S e mo mhac fhein e.

### AONGHAS.

Tha sin fior.

### AN COIRNEAL.

Agus, eadarainn fhìn, mar sheann luchd eolais, tha cho mhath dhomh innseadh dhuit gu bheil bean uasal òg ghrinn 's an eilean so, agus tha sùil aig a' Chaiptein innte. Bu mhath leis a pòsadh, ach ma bhristear thusa, tha eagal ormsa nach soirbhich leis.

### AONGHAS.

(*Le mòr iongantas.*) Cha soirbhich leis a' Chaiptein, ma bhristear mise! Chan fhaod a bhi gur h-ann an deidh Móraig agamsa a tha e?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

### AN COIRNEAL.

Chan ann ! Chan ann ! Saoil nach biodh sin glé neònach.

### AONGHAS.

Bhitheadh e sin. Ach 's iomadh rud neònach a tha tachairt mu 'n cuairt an àite so, 's na laithean a th'ann. Agus na 'm b'i Mórag a bhiodh 's an amharc aige, b'esan an dara fear a thainig as a deigh an diugh.

### AN COIRNEAL.

(*Le snodha gaire.*) Na biodh cùram sam bith ort, Aonghais. 'S i bana Shasunnach a tha 'sa mhnaoi uasail air am bheil mi 'g iomradh. Tha i air chuairt 's an eilean aig an àm agus na'n cluinneadh i na sgeulachdan a tha dol—mu thiomchioll Thearlaich—tha eagal orm—nach gabhadh i e. Am bheil thu 'tuigsinn?

### AONGHAS.

(*A' fàs aoibheil.*) Och ! An e so duan air am bheil sibh ? O 'n doigh air an d'thàinig sibh timchioll orm, 's ann a shaoil mi gu 'n robh sibh ag iarraidh ni-eigin uam.

### AN COIRNEAL.

Tha sinn sin. Tha sinn ag iarraidh ort ar cuideachadh as a' chàs 's am bheil sinn, le bhi 'diùltadh a bhi air do bhristeadh.

### AONGHAS.

Tha sibh sin—gu dearbh, tha.

### AN CAIPTEIN.

(*A' tighinn a stigh.*) Cionnus 'tha cùisean a' dol ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Cuist !

AONGHAS.

Tha, gu dearbh—seadh, matà bithidh mi a'  
beachdachadh—

AN CAIPTEIN.

An ainm an Aigh ! Am bheil sibh ach aig a so fhathast ?

AN COIRNEAL.

Tha fhios agad, Aonghais, nach eil agad ach trì laithean.

AONGHAS.

Bu ghlé thoil leam fuireach 's a Choille-Mhóir. Chan  
eil teagamh an sin.

AN CAIPTEIN.

A dhuine chridhe ! Co 'tha 'gad bhacadh ?

AONGHAS.

Chan urrainn mi fuireach ma dh'fhàgas Mórag mi.

AN COIRNEAL.

Nach d'thuirt mi riut nach i Mórag a tha dhith air, ach  
ban Shasunnach ?

AONGHAS.

O ! Tha mi 'tuigsinn na cuid sin gu math. Ach tha Mórag  
a' dol a phòsadhbh Mhurchaidh Mhic Aoidh, 's tha iad a' cur  
rompa falbh gu croit ann an Lochcarrann. 'S gu de 'm math  
a bhios ann domhsa fuireach 's a Choille Mhóir leam fhìn ?

AN CAIPTEIN.

Gu de 'n gnothuch a th 'aige sin ris a bhristeadh ?

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Och! Ghabhadh sibh iongantas! Ach cuiridh mi 'n gnothuch fa 'r còmhair gu soilleir. Tha mi 'bruidhinn ris a Chaiptein le 'r cead, o 'n is esan an t-Uachdaran a nis, a reir coltais. Na 'n tugadh an Caiptein do Mhurchadh an t-seann ghabhaltas aig Tòr-a-Bhlàir, laimh ris a 'Chroit agam fhìn aig a' Choille-Mhóir, rachadh againn air an t-seann aitreabh a chur air dòigh, agus cha ruigeadh e fhèin agus Mórag a leas mis' fhàgail, agus falbh gu iomall na talmhainn ann an Lochcarrann.

AN CAIPTEIN.

Air m' fhacal fhìn—mur a tu an seann—tha thu airson cùmhnant cruaidh a dheanamh leam?

AONGHAS.

Chan eil e cho cruaidh! Chan eil mi ach ag radh gu 'm faod MacPheadrain a roghainn a' dheanamh orm, mur toir an Caiptein an gabhaltas aig Tòr-a-Bhlàir do Mhurchadh.

AN CAIPTEIN.

A dhuiine an-iochdmhor!

(*A' breithneachadh.*) Tha e 'tighinn ro dhàn oirnn—athair, nach eil?

AN COIRNEAL.

(*A' gaireachduinn.*) Tha thu 'na theann ghlaic, a Thearlaich. Leig thusa le Aonghas!

AONGHAS.

(*Gu duineil.*) Chan eil mise 'g iarraidh a' Chaiptein no duin' eile 'nam theann ghlaic, cho fad 'sa dh'fhàgas iad mi

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

aig mo shaorsa fhein. Ach b'e glé bheag saorsa a fhuair mise uaith fhein 's o MacPheadrain 'nuair a bha 'n cothrom ac' orm.

### AN CAIPTEIN.

Mo dhonadh air an duine ! Togamaid oirnn ás a so !

### AN COIRNEAL.

Dean foighidinn, a Thearlaich. Cuireamaid an gnothuch so an dara taobh. Thoir thusa Tòr-a-Bhlàir do Mhurchadh. Bithidh e feumail dhuinn a thaobh gearradh na coille, ma theid sinn air aghaidh leis.

### AONGHAS.

Bithidh e sin. 'S e 'bhitheas ! 'S e Murchadh fhèin an sgoilear. Foghlum is aghartachadh—sin agaibh nithean is toigh le Murchadh. Dheanadh e 'n deagh shear riaghlaidh air obair na coille.

### AN CAIPTEIN.

Seadh matà—a sheann reubaire ! 'S bu tusa sin ! Gheibh Murchadh Tòr-a-Bhlàir. Agus geallaidh tusa nach teid thu briste.

### AONGHAS.

Le m' uile chridhe !

### AN COIRNEAL.

(*A' sineadh an airgid do THEARLACH.*) An ainm Ni Math, thoir dha do làmh air a' chùmhnant, air eagal 's gu 'n iarr e 'n còrr.

(*Tha 'n CAIPTEIN a' breith air laimh air AONGHAS.*)

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN CAIPTEIN.

A nis na dean mearachd sam bith. Pàidh MacPheadrain gun dàil. Gu dé na tha dhìth ort?

AONGHAS.

Ochd puinnd 's a deich. Agus bheir mi far a chunntais agam fhìn e airson na h-obrach air a' ghàradh crìche.

AN CAIPTEIN.

(*A' cunntadh an airgid.—AONGHAS 'ga chur 'na phòca.*)

Feuch a nis gu 'n teid thu far am bheil MacPheadrain an nochd fhéin, agus gu 'n réitich thu 'n gnothuch.

AONGHAS.

Is mise nach dean.

AN CAIPTEIN.

Gu dé tha thu ag ràdh?

AONGHAS.

Theid mi far am bheil e, gun teagamh, an nochd, ach chan fhaigh e ach tri notaichean. Paidhidh mi 'n t-ain-bheach 'na earrannan. Chan eil cleachdadhbh aige ri ath-arrachadh 'uamsa.

AN CAIPTEIN.

Earrannan?

AONGHAS.

Seadh! 'S bheir mi dha trì eile 'm maireach, agus dà phunnd 's a deich an ath latha—an latha mu dheireadh a tha 'n lagh a' ceadachadh. 'S toigh leam fhìn a bhi faicinn Mhic Pheadrain a tàthadh nan stampaichean!

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AN COIRNEAL.

Chan eil a bhi suas riut, Aonghais. Latha math leat an dràsda. Nach ann againn a bha 'chéilidh ghasda?

AN CAIPTEIN.

Latha math leat.

AONGHAS.

Latha math leibhse! Bha gu dearbh—an deagh chéilidh!  
'S ann againn a bha!

(*Tha iad a' falbh.*)

Feumar mo sgeul innseadh do Mhórag. (*A' dol thun an doruis agus a' sméideadh.*)

(*Tha MURCHADH is MORAG a 'tighinn a stigh. Tha litir aig MORAG 'na laimh.*)

MORAG.

Tha litir an so dhuibh, Athair. Chaidh sinn a sios gu ruig an clacharan, agus choinnich am posta ruinn—

AONGHAS.

Cuist, gus an cluinn thu mo naidheachd. (*Tha e 'ga pògadh 's a' breith air laimh air MURCHADH.*) Nach ann agamsa tha 'n sgeul dhuibh le cheile, bho na daoine mòra! Tha 'n Caipein a 'dol a thoirt Tòr-a-Bhlàir do Mhurchadh, 's cha ruig sibh a leas a nis falbh do Lochcarrann agus mis' fhàgail.

MORAG.

Athair! An ann ri fealla-dha a tha sibh?

AONGHAS.

Saoil an deanainnsa feala-dha mu leithid de ni? Fhuair mi gealladh o 'n dithis aca gu 'm faigheadh Murchadh Tòr-a-

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

Bhlàir—agus tha iad a 'dol a thoisearchadh air gearradh na coille learaig—agus thuirt mi riu gu 'm b' e Murchadh a' cheart fhear gu bhi riaghladh na h-obrach—agus cha ruig mise leas a' Choille Mhór fhàgail. Thug iad dhomh de airgiod na dh'fhoghnas MacPheadrain a phaidheadh, 's cha bhi 'n còrr iomraidh air Aonghas a bhristeadh.

### MURCHADH.

(*A' breithneachadh.*) Bu mhath a' chroit Tòr-a-Bhlàir 'na latha, agus ni i 'n deagh chroit fhathast.

### MORAG.

'S gann gu bheil mi 'creidsinn gu bheil so uile fior ! Nach aoibhinn an naidheachd i? Ach, a Mhurchaidh, bithidh tusa 'g ionndrainn nan trèanachan do Inbhirnis, agus nam bùthan leabhar. Ciamar a chaidh agaibh orra , athair ?

### AONGHAS.

Cha robh sin duilich. Cha d'rinn mise dad. Mar a theireadh Mrs. Galletly 's i so obair Cumhachd as Airde.— Cumhachd a tha 'freasdal orm 'nuair a bhios dileag bheag orm agus a theid roth na cartach thairis air mo lurgainn gun a bristeadh. Fanaidh tu ann an Eilean Arois, a laochain, nach fhan ?

### MORAG.

Fanaidh—'s e dh'fhanas.

### MURCHADH.

Gu dearbh, fanaidh. Agus gheibh Gilleanbuig mo bhrathair còir na croite ann an Lochcarrann. Cha bhi cion obrach ann a nis ma thòisicheas iad air planndachadh coille.

## 'S LEAM FHN AN GLEANN

AONGHAS.

Seadh, “Foghlum is Aghartachadh” air tighinn thun nan dorsan againn, mar a thuirt thu fhein !

(*A' sealltuinn air an litir ann an laimh MHORAIG.*)

Chi mi litir eil' agad an sin, agus i air a “Registrachadh.”

MORAG.

Tha—i. Bha agam ri m' ainm a sgriobhadh gu 'n d'fhuair mi i.

AONGHAS.

Och, Och ! Tuilleadh de phaipearean lagha mu 'n bhristeadh. Ach 's beag agam iad a nis. Fosgail thus' i 'ghaoil agus leugh dhomh i.

MORAG.

(*'G a fosgladh.*) Tha not de dh'airgiot innte.

AONGHAS.

Muire ! bhithheadh ! Theid agam fhìn oirre sin a leughadh.  
(*A' cur an not 'na phòca.*)

MORAG.

Litir bho Mhr. Stockman.

AONGHAS.

Bithidh tuilleadh cheann mhuc a dhìth air.

MORAG.

Gu de 'bhruiddhinn a th' agaibh a nis. Eisdibh (*A' leughadh.*)

“ ‘Aonghais, a charaid, 's ann air fear nan eun 's an Oban a bha 'm mi-thlachd 'nuair a dh'fhosgail mi 'n t-ultach 's a chunnaic e cinn nam muc. Tha fios gu math agam nach ann ad dhèoin a rinn thu 'n cleas so orm’”—

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

AONGHAS.

An duine gasda !

MORAG.

Nach fhan sibh sàmhach? (*A' leughadh.*) "Am bi thu, 'nis cho math agus ceann an daimh a chur gu Joliffe anns an Oban gun dàil, mur e ni 's gu'n d'rinn thu sin mar tha—"

AONGHAS.

Rinn mise sin fo chionn seachduinn.

MORAG.

Cuistibh a nis agus eisdibh (*a' leughadh.*) "Thug mi cinn nam muc do fhear nan eun g' a chumail sàmhach, agus tha mi 'cur not a d' ionnsuidh mar phaidheadh air an son. Chi mi thu gu goirid, ma theid obair na méin iaruinn air a h-aghaidh—

Do charaid,

W Stockman."

AONGHAS.

Nach e fhein an duin uasal?

MORAG.

Buinidh an t-airgiot do MhacPheadrain tha mi 'n dùil. Nach d'thuirt sibh rium gu 'n do cheannaich e cinn nam muc o Mhrs Galletly? Ach phaidheadh not iad deich uairean do Mhac Pheadrain !

AONGHAS.

'S esan nach do cheannaich. 'S fhada mu 'n ceannacheadh MacPheadrain dad idir na 'm faigheadh e an nasgaidh e. Thug Mrs. G. dha iad gun dad. Cha robh reic no ceannach 's a chùis.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

MORAG.

O ! An ann mar sin a bha ?

AONGHAS.

Dh'fhàg MacPheadrain na cinn agamsa airson iasad ceann daimh a thug mi dha. Agus leis a sin, 's ann a bha cinn nam muc 'nan tiodhlac uamsa do Mhr. Stockman. Agus so agad (*a' toirt an not air lom*) tiodhlac o Mhr Stockman thugamsa, mar chomharradh buidheachais.

MORAG.

Tha mo cheann air dol 'na bhreislich leis an t-seanachas agaibh.

AONGHAS.

(*An not 'na laimh.*) Agus a nis tha mi 'deanamh tiodhlaic dheth so do chuid eiginne eile. (*A' sineadh an not do MHORAIG.*) Gabh thusa so an drasda, a luaidh. Chan eil sinn ach an toiseach nan tiodhlacan bainnse. Thig an còrr cho luath 's a thoisicheas miorbhuilean air tachairt domh a rithist. Dean thusa foighidinn.

MORAG.

Och—nach sibh an duine sanntach ?

AONGHAS.

Matà, chan eil mise sanntach ! Ach (*a' cur air a chòta 's a chomhdach cinn, a' toirt a leabhair cunntais air lóm, agus a tionndadh nan duilleag.*) tha mo ghnothuch ri duine sanntach gun taing 's b'e sin MacPheadrain.

## 'S LEAM FHIN AN GLEANN

(*Tha e 'toirt an airgid as a phòca 's 'ga reiteachadh air a' bhòrd*). A h-aon, a dha—tri (*a' sineadh an tri do MHORAIG.*) Gleidh thus' iad sin gus am maireach—a h-aon, a dha is deich tasdain—agus bheir thu dhomh iad sin an ath latha.

(*Tha e 'cur tri 'na phòca.*) Tha mi 'nis a 'falbh leis a' cheud earrann. Bithidh an deagh shràid agam a' ruigheachd Mhic Pheadrain tri laithean an deigh a cheile. Ach, cha dean sràid coire dhomh, agus tha mi 'n dòchas nach misde MacPheadrain mar a bhuineas mise ris. Feasgar math leat, a Mhurchaidh. (*Tha e 'breith air laimh air MURCHADH, agus a 'cur a laimh eile air gualainn MORAIG. Tha e' deanamh air an dorus.*) Ach stadaibh oirbh (*a' toirt fainear na pioba mòire.*) Is math an latha so gu sgal a thoirt air a' phìob (*a' togail na pioba.*) Cluichidh mi port air an rathad a sios gu MacPheadrain. Aon uair 's gu 'm faigh mi thar a' chlacharain togaidh mi dhuibh “S leam fhìn an Gleann.”

(*Tha e 'smèideadh riutha 's a' cur na pioba fo 'achlais agus a' togail air.*)

MORAG.

Slàn leibh, Athair !

MURCHADH.

Slàn leibh, Aonghais !

(*Tha MORAG is MURCHADH 'nan seasamh aig an dorus—a' smèideadh ri AONGHAS. Tha AONGHAS a' cur na pioba r'a ghualainn 's a togail “‘S leam fhìn an gleann.’”*)

TUITIDH AN CUIRTEIN.

